





**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14590
(716) 872-4503

E 128
E 132
E 136
E 140
E 144
E 148

**CIHM/ICMH
Microfiche
Series.**

**CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

11
01

© 1983

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion
along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la
distortion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may
appear within the text. Whenever possible, these
have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont
pas été filmées.
- Additional comments:/
Commentaires supplémentaires:

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata
slips, tissues, etc., have been refilmed to
ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement
obscuries par un feuillet d'errata, une pelure,
etc., ont été filmées à nouveau de façon à
obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X
<input type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
12X	16X	20X	24X	28X	32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:




National Library of Canada

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol \rightarrow (meaning "CONTINUED"), or the symbol ∇ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole \rightarrow signifie "A SUIVRE", le symbole ∇ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

ails
du
odifier
une
image

errata
to

pelure,
en à

DAIN

I Chomhunnadh Ceathrú

Le SEUMAS MACGURRÁIN,


CRANNORÁICH AN T-BOISCHÉIL 'AN AMÉICA.

THE PROPERTY OF THE AUTHOR, BY THE REV. H. H. H. H.

VICTORIA

PRINTED BY J. J. J. J.

1881



l
c
v
h
v
c
f
a
t
t
e

f
a
h
l
n
c
a
J

t
A

MEMOIR.

The Rev'd James McGregor, D. D., the author of the following poems, was born at a small farm house near Comrie, on the banks of Loch Earne, Perthshire, Scotland, in the month of December, 1759. His parents were not rich in the wealth of this world, but they were rich in faith and in the knowledge of our Lord and Saviour Jesus Christ; and they were in circumstances which enabled them to give the benefits of such education as the country afforded to their son. His father was a man of genuine piety and of tried principles, and at the baptism of his infant son solemnly dedicated him to the work of the ministry, should it be the will of God. He therefore enjoyed the privilege of being trained up from his early childhood in the nurture and admonition of the Lord.

Nurtured amid the sublime and romantic scenery of Loch-Earne-side, young McGregor had his mind early imbued with feelings of poetry; but it does not appear that he produced anything worthy of preservation until an advanced period of his life. While yet a young man he studied the Gaelic language, his mother tongue, with considerable assiduity and success; and he not only spoke it with fluency and ease, but could also write it with grammatical accuracy and precision—a very rare attainment even now, and much more so in his younger days.

Mr McGregor was conscientiously a seceder, and belonged to that branch of the Secession Church called the General Associate Synod. Having finished his classical and philoso-

phical studies at the University of Edinburgh, he applied himself to the study of Divinity, under the tuition of the Rev. William Moncrieff of Alloa, and was in due course licensed to preach the everlasting gospel, about the year 1784. Shortly after, he was licensed to preach, some colonists in Pictou, Nova Scotia, sent an earnest application to Scotland for a person of acknowledged abilities and evangelical principles, to preach the gospel to them. This application was laid before the General Associate Synod on the 4th May, 1786; and after due consideration had been given to the subject, Mr McGregor was fixed upon as the only one under their superintendence qualified to discharge the arduous duties of such a situation. He was accordingly appointed to go thither; and although he had the prospect of an advantageous settlement in his native country, he hesitated not to go to a strange land, to proclaim the glad tidings of salvation. He arrived in Nova Scotia on the 11th July, 1786.

Here he entered on a field boundless in extent as in difficulties. The inhabitants were few and far between; there were no roads in the country; nearly the whole land was covered with unbroken forests; and when we say that his operations included the eastern part of Nova Scotia, and the adjacent Islands of Cape Breton and Prince Edward, as well as part of New Brunswick, the reader may form some idea of the immense labor which his charge involved. He was the first missionary to that region, and may therefore be regarded as the Apostle of Pictou. While journeying from place to place, he encountered difficulties, perils and hardships of no ordinary kind, and such as few men could have undergone. It was not an easy matter to travel through thick forests, unbridged rivers, and interminable swamps—a pocket compass, marked trees, or an untutored Indian, being his only guides through the solitary and dreary wilderness. Some-

times he was deprived of sleep for several nights; at other times a plank was his bed, a potato his fare; and often did he set out on his snow shoes in the depth of winter, to seek out the humble cottages of those "who dwelt solitarily in the woods," that he might carry to them the glad tidings of great joy. Of him it might be said, he was "in journeyings often; in perils of waters, in perils of robbers, in perils by his own countrymen, in perils by the heathen, in perils in the city, in perils in the wilderness, in perils in the sea, in perils among false brethren, in weariness and painfulness, in watchings often, in hunger and thirst, in fastings often, in cold and nakedness. Beside those things that are without, that which cometh upon him daily, the care of all the churches." The labor was enough to crush the spirit and undermine the physical constitution of most men. But the expatriated Gæl around him needed the gospel, and that to Mr McGreger was enough. He had devoted himself to the work of God in the gospel of his Son among his Gælic countrymen, in the woods of Nova Scotia, and he was therefore firmly resolved to spend and be spent in this great and good work. And the Lord abundantly blessed his labors, and wonderfully supported him in all his toils.

Towards the end of his life, he conceived the idea of clothing the doctrines of the gospel in Gælic versification, that he might unite the best and most wholesome instructions with the sweetest and most fascinating melodies of his native land. That he might familiarize his mind with the style and spirit of the best Gælic poetry, he wrote to a friend of his at Loch-Earne-side, for a copy of Duncan McIntyre's and Alexander McDonald's poems. The volumes were sent; but through the officiousness of some of his servants the fact of their being in the minister's possession became known, and a most unwarrantable, unjust and ungenerous construction was put

upon the circumstance. How short-sighted, illiberal, and bigoted it was, to make insinuations against the genuineness of Mr McGregor's piety and religious principles, simply because the productions of two of the most brilliant poets of his native country were on the table of his study, in a foreign land!

About this time, a stranger intruded himself on his labors; and to the disgrace of many of Mr McGregor's flock, they forsook the ministry of their long tried friend, and followed the intrusionist. This schism in his congregation must have embittered his cup very much in his old age; but by the help of Divine grace he was enabled to bear it without a murmur. He proceeded cheerfully with his poems until he composed as many as formed a small 18mo volume, of which several editions have already been published in Britain.

These poems are smooth in versification, pleasant in their garb, and evangelical in their doctrines. They are chiefly composed after the model of Duncan McIntyre, the Breadalbane poet, from whom he borrowed the airs, as well as many of his words and expressions. The author's mind was richly stored with gospel truth, and he had the singular facility of expressing it in eloquent and appropriate terms. His design appears to have been to give his Gaelic countrymen a complete and comprehensive view of the whole system of revealed religion; and in this he has wonderfully succeeded; for his poems are a concise but comprehensive system of Divinity, in which the fundamental doctrines of the gospel are clearly illustrated and accurately defined in pure, classic Gaelic. He has sufficiently demonstrated the powers of the Gaelic as the language of descriptive and religious poetry; and in his plastic hands it has proved a suitable vehicle for expressing the feelings and emotions of his mind. As pieces of

Gaelic composition, his ~~poems~~ are a standard authority in that language. They are therefore very popular in the Highlands and islands of Scotland; and as long as the Gaelic is a spoken language, they will continue to be in great demand, and to be highly esteemed by the pious people whose vernacular is Gaelic. As Dugald Buchanan has been often called "the Cowper of the Highlands," so may Dr McGregor with equal propriety be called "the Gaelic Ralph Erskine." Like Erskine's Gospel Sonnets, his poems are remarkable for the simplicity of their style, and the evangelical strain in which they are composed. Their strict Calvinism, their beautiful Gaelic, and the sweet, melodious music to which they are set, all contribute to make them very popular among the Highlanders for whose benefit they were originally written. Though their chief excellence consists in their sound theology, yet even as poetical compositions they are not destitute of merit. The poems on "The Gospel," "The Complaint," "The Righteousness of Christ," and "The Eulogy of Grace," are worthy of particular notice as superior pieces of poetry, having some passages which are truly beautiful and sublime. On the whole, these poems indicate that the author was a man of genius, thoroughly acquainted with the whole system of theology, filled with love to the Saviour, and earnestly desiring to save the souls of his fellow-countrymen.

When Mr McGregor's character and claims were made known to the members of the University of Glasgow, the Senatus Academicus unanimously agreed to confer upon him the title of D. D., an honour which he amply merited by his services. This was about the year 1822. Such mark of respect, coming, unsolicited and unexpected, from his native country, and from a place so celebrated for its learning and philosophy, must have been soothing to his feelings, and have

contributed to cheer his mind in the midst of his toils and labors in his old age.

In the spring of 1828, Dr McGregor was seized with paralysis; and at Pitou on the 1st March, 1830, at the age of 70, he experienced a second attack, which terminated in his death on the third day of that month. His funeral was attended by an immense gathering of sorrowful friends, who showed their love and respect for him by unfeigned expressions of grief.

It has been matter of surprise and regret, that in this country, where he spent the greater part of his life, and for the spiritual welfare of whose inhabitants he labored so zealously, these poems should not be as well known as in many parts of Scotland. It is hoped that this edition, published among ourselves, will be the means of rendering them more extensively known, and that thus through the divine blessing they may promote the great object which the author had in view, the advancement of the divine glory in the spiritual good of his fellow men.

DUNCAN B. BLAIR.

Barney's River, August, 1861.

DAIN

A CHOMHNADH CRABHADH, &c.

SUIÑ AN LAGHA.

Do'n Ard Thighearn do Dhia bheir thu gràdh,
Bheir thu dhà e le d' anam gu léir,
Le do chridhe, 's le d' inntinn gu slàn ;
'Us do d' choimhearsnach gràdh mar dhuit féin.

NA DEICH AITHEANTAN.

'Smi do Dhia, 'us do Thighearna treun,
Thug amach thu o Eiphit nan tràill.

- 1 Na biodh agad Dia eil' ach mi féin ;
- 2 'Us na slenchd-sa do Iomhaigh gu bràth.
- 3 Ainm an Tighearn do Dhia cuir a' suim ;
- 4 Agus cuimhnich an t-sàbaid le tlachd.
- 5 Thoir do d' phàrantaibh urram, 'us gràdh ;
- 6 'S cum do làmban o mhort, 'us o chreach.
- 7 Seachain adhaltras, cuirp agus cridh,
- 8 'Us na sintear do làmh chum na braid ;
- 9 Dean an fhìrinn, 'us seachain a' bhreug ;
- 10 Na bi sanntach, ach réidh ri do staid.

MOLADH AN LAGHA.

Thugadh lagh leis an Triath dhuinn, d'ar riaghladh o thùs ;
Lagh nam buadhanna ciatach, gun fhiaradh, gun làb :

Lagh bhios seasmhach gu siorruidh, gun chrìoch air a chaoi ;
 Lagh do ainglibh an Triath, 'us do dhiabhlaibh fo ehlaoi.
 Chaidh an lagh ud a sgrìobhadh, le fìrinn gun bheud,
 Ann an crìdh ar ceud sinnsir, 's bha 'inntinn d'a réir ;
 Gus an d'ith e am meas ud, gun inheas aig air féin,
 Rinn an cumhnant a bhrìsteadh, 's thug sgrìos oirn gu léir.

Sud an lagh theid a sgrìobhadh, gu dìleas gach ial,
 Ann an crìdh gach uil'fhìrein tha'n sìochaint ri Dia :
 Leis an deadh spiorad ghràs-mhor nach fàilnich an cùis
 Leis nach tróigear gu bràth iad, 'snach fàg iad air chùl.
 Sud an lagh a bha 'n àirnibh an t-Slànuighir ghleusd,
 'Nuair a ghabh e ar nàdur, 's a thàin' o gu 'r feum
 Fad a lathan do chleachd e an reachd ud gu dlù ;
 B'ì toil 'Athar a thlachd, 'us bha 'bheachd oirre dùr.
 Thubhairt Daibhidh ; 'se 's prìseil na mìltean de 'n òr,
 'S cha 'n 'eil mil anns na cìribh n'as mìlse ri h-òl *
 'Se bu thlachd, 's bu theil-inntinn gu cinnteach do Phòl,
 'Nuair a thréig e am milltear, 's a phill e ri còir †
 Na h-Abstoil, 's na Faidhean ta ard ann an gloir,
 S e an aiteas gu bràth e, an gràdh, 'us an deòir :
 Tha na h-aingil ro ghlòrmhor làn sòlais d' a thaobh,
 'Se an acìbhneas ro mhòr e, an ceòl, 'us an gaol.

'S cian mun toill e bonn mì-chliu ged dhìt e na daoi,
 'S ged nach bi aca sìth ris, 'nan inntinn a chaoi :
 Oir is ainmic le meàirleach bhì 'n gràdh air an reachd,
 Rinn a dhìteadh gu bàs, o nach b' àluinn a chleachd.
 'S mòr an t-aobhar air cliù dha gu 'n diùlt e le tàir
 Am fìor mhonar ùmhlachd, gun dùrachd, gun ghràdh,
 Bheir na cealgairinn lùbach, ta dùbailt 'nan gnàth
 Leis an t-sean chrìdh nach fìd, nach deach' ùrach le gràs.

Na h-aingil bha aon uair gló naomh ann an glòir,
 'Nuair a thréig iad gun aobhar an gaol air a' chòir ;
 Rinn an lagh an grad fhuadach gu buan chum a' bhròin,
 Gun dad feairt air an uaisle bu dualach d' am pòr.
 Tha an naimhdeas ag éiridh gu h-eucorach, dàn,

* Salm xix. 10.

Rom. vii. 23.

Ach gídheadh 'se is éigin doibh géilleadh gu bràth :
Oir am feasd cha bhi buaidh ac', le fuath thoirt do'n cheart,
Bithidh 'n lagh orr' an uachdar, 'gam bualadh le neart.

Tha sàr cheartas 'us firinn gu dilinn san lagh,
'Us cha tilgear am firean neo-chlì leis gu dragh :
Ach ma chlaonadh leat aon uair gun aontachadh leis.
'S dearbh nach dean e leat aomadh, 's nach saorar thu'm feasd,
Gus an dlolar le ràthan bhìoc tàbhachdach treun
Gach aon dlighe gu slàr da, gun fháilinn, gun bheud ;
Oir cha ghabh e ri call, no dad gan air a' chòir ;
Bithidh 'n geur cheartas teann aig, 's cha sanntaioh e corr.

Tha e fìorghlan, ro naomh, 'us cha'n aom e gu bràth,
Le ni truaillidh bhios baoth, no le faoinis gun stà.
Tha e math, agus oirdheire, 's e sonruichte grinn ;
Maiseach, caoin, 's e ro bhòidheach, ag seòladh gach linn.
Gach ni math thig ad smuaineach, (as suaraich, 's as crìn,)
Tha e 'g iarraidh gach uair e bhi fuaighte ri d' chridh,
'S cha 'n 'eil ole anns an t-saoghal co eutrom, 's co meanbh,
Nach do thoirmisg e daonnan maraon ri ole garbh.

'Se lagh iomlan na saors' e, gun ghaoid, 'us gun sgled :
Tha gach aon neach fo dhaorsa nach taobh ris le dedin.
'S e an gràdh tha e'giarruidh do Dhia, 'us do dhaoin',
Gràdh bhios saor agus fial, gràdh bhios dian, 'us nach traogh.
Thugadh dhà anns a bhlobull, *Lagh rioghail* mar ainm ; *
Tha gach caibdeal ga mhinneach, 's tha bhri' anns na sailm.
Bha e sgrìobht' air dà chlàr nan deich àitheant an aig Maois ;
Maran lagh thug an t-àrd-rìgh gu bràth do chloinn daoine'.

Dh' àithn a' chiad te an Triath bhi mar Dhia agad fein ;
Thu bhi 'n comhnuidh 'na fhianais, 'us ciatach mu d' bheus :
Thu thoirt glòir dha, 'us aoradh gu h-aobhach do ghnà,
'S gun do chridh no do ghaol thoirt ach eutrom do chàch.
Dh' iarr an darna gach lomhaigh chur sìos mar ni faoin,
'Us uil' orduighean Dhia bhi gach ial leat ro chàomh ;
Bhì'gam freasdal gu d' dhòchas, 'us d' eòlas chur ceart :
'S meadhoin gràis agus glòir iad, bi'n tòir orr' le feairt.

* Seum.

Thug an treas aon duit à ithn' urram àrd thoirt do Dhia,
 Anns gach àm, 's anns gach àite, le gràdh 'us le ciall;
 Le do bhria'raibh' 's do smaointibh bhí daonnan gu feum,
 Gun thu chaoi a mhí-naomhachadh son ní fo'n ghréin.
 'N ceathramh àithn' tha i'g ràdh, biodh an t-sàbaid ad chuimhn,
 'S ann a chomhúadh ar crábhaidh chaidh 'n là ud thoirt duinn
 Cuir na smuainte, 'sna seanchais air falbh bhíos gun bhí;
 Biodh an ùrnaigh's an t-searmoin ag leanmhúinn ri d' chrí'.

Thuir an eóigeamh, ma's áill leat bhi sàbhailt o bheud,
 Urram, ùmblachd 'us gràdh thoir do d' phàrantaibh féin;
 Do gach neach os do cheann ann an ionnsach' no dreuchd,
 'Us do ghliocas nan seann daoine, tha teann air an eug.
 Tha an ceathamh a' toirmeasg dhuit coirbteachd 'us strí;
 Thu bhí brais ann am feirg. 'us bhí doirbh 'n aghaidh sith;
 Oir thig morta mun saíl thu a daoibhachd dhian:
 Bitheadh anma chloinn daoine leat gaolach gach ial.
 Tha an t-adhaltras bachtúe san t-seachdamh a chaoi,
 'S dearbh gu'm ole leat an cleachdadh aig neach e ri d'mhnaoi.
 Tréig gach smuaineach 'us gníomb bheir gu stríopachas thá,
 Ri Dia taic bhí gad dhion o gach lion bheir gu druís.
 Tha an t-ochdamh a' toirmeasg dhuit airgid an-réigh,
 Bhí neo-ghníomhach ad ghairm, us neo-airghiosach, gear:
 Bi ri saothair gu bunntamach sunotach gun tàmh;
 Oir is mearleach an lundair neo-ghrunndail, gun stá.

Tha an naothamh ag iarraidh ort fianais gun seled
 Thoir air firinn an Triath, gun a farradh ri d' bheò:
 Tha na brengan le sàtan, bha ghnà cur ri foill;
 Dean an tréigsinn, mur áill leat bhi 'n àireamh a chloinn
 Tha an deicheamh ag iarraidh gach miann chur fo chis
 Thu bhí stuam agus fialaidh, so-riaraicht 's gach ní:
 Cuir air falbh 'n talach grànd bhíos gad chnámhadh gun chrích;
 Us' bi grádhach do ghnà ris gach nábaidh san tír.
 Ge ceart, 'us ge grádhach na áitheantan gu leir
 Tha mo nádur mar námhad a ghnà air an déigh;
 An ro gheall air an díteadh, ach m' fhíreanach' leo,
 Ged tha 'm ùmblachd co clí 'nach 'eil brigh innt no beò.
 Ach b'e 'n fhaoineis domb smuaineach gu-'n saoradh iad mí,
 'Us mo ghaol aig gach aon ní ta claon leo, 'us clí.
 'S cha'n 'eil feum dhomb bhí 'g earbs' anns an aimsir ri teachd;

Oir cha 'n ainmic bhios annbhuineachd leannbhuin rim' chleachd':

Ach O ! cin so-ghràdhach an Slànuighear caoin :
 Thug an ùmhlaichd a'm' àite a dh' fhàgus mi saor :
 'Sà thug nàdur as ùr dhomb ta giùlan a dhreach,
 'Us gam stiùireadh thoirt ùmhlaichd le cùram d' a reachd ;
 Mar mo shòlas ro leinneil, us m' aoibhneas ro àrd,
 Ged tha 'm peacadh ga m' chraoidhneadh gu h' oillteil gach là ;
 Ach tre ghràs thèid mo dhedin, us mo thredir ann am meud,
 Gus am faic mi fadheadh ann an glèid e air nèamh.

COI' CHEANGAL NAN OIBRE.*

GED nach b'e rùn De' riamb duine sam bith a dheanamh sona le Coi'-cheangal nan Oibre, ach le Coi'-cheangal nan Gràs, gidheadh rinneadh an ceud cho'-cheangal ud ann an dòigh a bha co caoimhneil, co gràs-mhor, agus co iomchuidh chum sonas siorruidh a thoirt do Adhamh, agus d'a shliochd gu léir 's a dh'fheudte smuain-eachadh. B' e 'n Cumhadh àraidh leis an coisneadh Adhamh an sonas sin, fantuin o'n mheas thoirmisgt. Bha'n Cumha sin co furasd ri cho'-lionadh 's a b'urrainn a bhi. B' usa dha 'n comhnuidh gun bheantuinn do'n mheas, no'ghabhail, agus 'itheadh. Cha robh Adhamh, no 'shliochd, an cunnart tuiteam ann am peacadh sam bith eile, gus an itheadh e am meas toirmisgt; oir, air do Dhia a ràdh ris, "Anns an là dh'itheas tu dheth, gu cinnteach bàsaichidh tu," bha sin ionann 's 'na ghealladh dha nach tigeadh am bàs air, ann an dòigh sam bith eile

* Cumhant nan Gnlómh.

ach le itheadh dhì : agus mur tigeadh am bàs,
cha mbò thigeadh am peacadh.

Mur bioadh an Co'-cheangal ud idir ann
dh'fheumadh gach duin' againn seasamh air a
shon féin. Cha bu choslach dhuinn sùil a bhì
aguinn ri sonas siorruidh, ach an lorg co'-lionadh
an lagha ; agus ged bhiodh sin comasach, cha
bhiodh e co furasd idir ris an dòigh ud eile ; oir
bhiodh aig an diabhol cothrom air sinn ⁊ bhù-
air eadh gu peacadh, co lionmhor 's a bha dleas-
danais anns an lagh, 'nuair nach robh ach aon
chothrom aig air-Adhamh. Thug Dia dha an
t-socair sin o'n bha e seasamh airson a shliochd ;
agus nan smuainicheamaid ceart oirre cha
deanamaid a chaoi gearan air Co'-cheangal nan
Oibridh. Anns a' cho'-cheangal ud cha bhiodh
ni air bith aig sliochd Adhamh ri dheanamh
agus cha robh aig Adhamh féin ri dheanamh
ach fantuinn o'n mheas thoirmisgt.

'Nuair a chruthaicheadh Adhamh,
Reir na comhairle àraidh,
Bh' aig an Trianaid ro ghràs mhor,
Fhuair e cumadh glé àluinn ;
Colainn mhaiseach, ro àillidh,
Anam dìongmhalta, àghmhor,
Dreach a Chruithir gu slàn air, 's b'e ghloir e
Dreach, &c.

Bhuin an Cruithear gu caomh ris,
Thug e sealbh dha san t-saoghal,
(Cha do chum e ach craobh uaith,)

'S bu mhòr an oigbreachd e dh'aon fhear;
 Ged bu bheag o d'a mhaoinse,
 O'n bha firinn, 'us naomhachd,
 Steach 'na chridhe, le gaol agus eòlas.
 Steach, &c.

Fhuair e sonas gun iarruidh,
 Fhuair e beannachd na Trianaid,
 Bha an caidreamh gu fial aig,
 Bha co'-cheangal ri Dia aig;
 B'e co'-cheangal nan gnìomh e;
 Gealladh beatha gun chrìoch aig,
 Cumha socrach, so-dhiant' air gach doigh aig
 Cumha, &c.

Thug an Tighearna fios da,
 Thaobh na craoibh ud san lios aig,
 (Bha 'n t-iùl a b'fhearr'us bu mheas innt,)
 Air dha blasad de 'n mheas aic',
 Gu 'n tigeadh bàs agus sgrios air,
 Gu'm biodh mallachd do-mheas air,
 'Us gach truaighe a chlisgeadh an tòir air.
 'Us, &c.

Ach bha sa' bhagradh ud fillto
 Gealladh beatha ro phrìseil;
 'Us nan scasadh e dìleas
 Mar a dh'iarr an t-àrd-rìgh air,
 A seachnadh craoibh a mheas mhilltich,
 Cha tigeadh bàs air gu dilinn,
 Ach bhiodh beatha gun chrìch ann an glòir aig
 Ach, &c.

Bha an cumbadh ud eutrom ;
 B' usa cho'-lionadh daonnan,
 Na dol idir a thaobh uaith ;
 Bha 'bheatha shuthainn ri 'faotainn,
 Gun ghnìomh oibre, no saothair ;
 B' usa fuireach san aon àit [dòlas.
 Na dol dh'ionnsuidh na craoibh san robh 'n
 Na, &c.

Ann's a' chumhnanta ghràidh ud,
 Shuidhich Dia gu ro gràs-mhor,
 Gu'n seasadh Adhamh n' ar n-àit-ne,
 An àit a shliochd tha do-àireamh ;
 A chosnadh sonais, 'us àigh dhoibh,
 No chosnadh donais gu bràth dhoibh, [dugh.
 Réir mar ghleidheadh, no dh'fhàgadh e'n t-or-
 Reir, &c.

Bha mòr aoibhneas air Adhamh,
 Socrach, saibhir am phàrras,
 Mealtuinn caoimhneas an Ardrigh,
 Faicinn greim aig air slàinte,
 Cuid 'us roinn aig gach àl di,
 Mar an oighreachd ro àluinn ;
 Meud na foill a bha 'n Sàtan cha b'eól da.
 Meud, &c.

Nuair bha Eubh greis air falbh uaith,
 'S gu'm b'i'n soitheach a b' anmhuinn,
 Thàinig Sàtan gu cealgach,
 'S le ro sheòltachd a sheanchais

Mheall e h-uige a h-earbsa,
 'Shin i 'làmh gu mì-shealbhach,
 Dh'ith i meas a thog searbhas, 'us bròn duinn.
 Dh'ith, &c.

Dhiomain Sàtan san uair i,
 Dh'ionnsuidh Adhamh gu 'bhuaireadh,
 Thug i 'meas san droch uair dha,
 Ghabh, 'us dh'ith e gun smuaineach,
 Thilg e 'n àithne gu luath dheth,
 Chaill e 'shonas 'us uaisle,
 Dh'at a chridhe le uabhar, 's le mòr-chuis.
 Dh'at, &c.

Rinn e cionta ro uamhar,
 Thréig e 'Chruthadair uasal,
 Ghabh e 'n Dabhol mar uachdran,
 'S air gach neach thàinig uaithe,
 Thug e peacadh, 'us truaighe,
 Mìle trioblaid, 'us buaireadh,
 Diteadh ifrinn, 's b'e 'n cruadal bu mhò e.
 Diteadh, &c.

'Sbochd dhuin uile mar thachair,
 Chaill sinn Dia, 'us an reachd aig,
 Dh'fhalbh ar tuigse 's ar neart uainn,
 'Se ar nàmhaid an ceartas,
 Tha ar gràdh aig a pheacadh,
 Tha sinn làn de dhroch cleachdaibh,
 'S cian, 's is fada air seachran 'sa cheò sinn.
 'S cian, &c.

Ged tha'm focal ag innseadh,
 Gu bheil an Slànuighear prìseil
 Tairgseadh fuasglaidh 'us dìon duinn,
 Tha de naimhdeas 'n ar n-inntinn,
 Gu bheil sinn diùltadh bhi 'n sìth ris :
 'S a thaobh ar gannlais do'n fhìrinn
 'S iad na breugan ar dèidean 's ar dòchas.
 'S iad, &c.

Fhir tha cluinntinn an dàin so,
 Cò de 'n dithis a b'fhearr leat,
 (Nan tugt' an roghainn duit tràthail,)
 Earbs' ri fireantachd Adhaimh,
 No ri dhìcheall do làmhan,
 A chosnadh còir dhuit air slàinte ;
 Ach nan tuiteadh tu'm bàs theachd gun tròcair ?
 Ach, &c.

Ma their thu riumsa gun teagamb,
 Gu'm bu roighnich' leat seasamh,
 'N taic ri d' dhìcheall, 's ri d' theagradh,
 Chum nach tigeadh ort leagadh,
 'S e mo bheachd gur e beagnair,
 Marri aineolas beadaidh,
 Tha 'g ad stiùireadh gu freagradh co gòrach.
 Tha, &c.

On sheas e 'n àite chloinn daoine,
 Cosnadh sonais do 'n t saoghal,
 Bha Cumbadh Adhaimh na b'eutruim,
 Na bhiodh iomchuidh dhuits' fhaotainn :

B
N
AS
S
N
C
F
'UA
B
B
M
D
GN
G
O
T
C
'U

B' urras Dia gu ro chaomh dha,
 Nach tigeadh peacadh, no aog air,
 Ach tre itheadh de chraoibh ud an eòlais.
 Ach, &c.

Ach bhiodh seòl ac' teachd ortsa,
 Steach air lionmhoireachd dhorsan,
 Smuaintean, gnìomhan us focail,
 Na h-uile seòrsa de lochdaibh ;
 Cha bhiodh e idir co socrach
 Fuireach saor o gach drochni,
 'Us an diabhol 'gad bhrosnuch' an còmhnuidh.
 'Us, &c.

Faicsa caoimhneas an Triath dhuinn,
 Ann an cumhnant nan gnìomh ud ;
 Bha e furasd ri riarach',
 B' ionann 's neoni na dh'iarr e,
 Mar chumba beatha gu siorruidh,
 D'ar ceud sinnsear, 's d'a iarmad ; [lèdinte.
 Ged dh'fhàg a bhriseadh sinn iarguinneach,
 Ged, &c.

On is peacach gun chlà thu,
 Na bi smuaineach gu dilinn,
 Gu 'm faigh do ghniombara sìth dhuit,
 O Ard-bhreitheamh na firinn ;
 Tha thu chean 'air do dhiteadh,
 Cha dean thu 'n Ceartas a dhìoladh,
 'Us tha 'n Reachd air a dhìobradh gu mòr leat.
 'Us, &c.

Cha teid a h-aon de chloinn daoine
 Le oibrìbh 'n Lagha' a shaoradh,
 Tha iad uile ro eutrom;
 Uime sin gabh-sa foghlum,
 Teich a dh'ionnsuidh 'n Fhìr-shaoraidh,
 ('Tha a chuireadh ro chaoin duit.)
 'Us gabh fasgadh 'na ghaol, 'us 'na thròcair.
 'Us, &c.

CO'-CHEANGAL NAN GRAS.

'SE Co'-cheangal nan Gràs àrd innleachd Dhé
 chum peacaich tur chailt' a thearnadh, chum
 cliù a shaor ghràis gu sìorruidh. Rinneadh e o
 shìorruidhbeachd eadar an t-Athair agus am
 Mac, le aontadh an spioraid. Shonruich an
 t-Athair dòigh na slàinte. Dh'urraich e air a
 mhac mar Urras* nam peacach. Thairg e
 nàdur an duin' a thoirt da, anns an co'-lionadh
 e ùmlachd agus fulangus air an son, agus an
 Spiorad Naomh a bhi maille ris. Gheall e
 'ardachadh aig a dheaslaimh féin gu sìorruidh,
 agus beatha shuthainn a thoirt da air a shon
 fein, agus airson a phobuill. Dh'aontaich am
 Mac. Do réir sin thàinig e ann an co'-lionadh
 na h-aimsir, chum an t-saogha:il, mar Urras nam
 peacach; agus 'nan nàdur rinn e an dleasdanas
 uile chum am fireanachadh, agus dh'fhuing e
 am peanas gu h-iomlan. Chaidh e suas an sin
 gu néamh, agus fhuir e a' bheatha shuthainn
 dha féin, agus dhoibhsan; agus tha e ga tab-

* Ràthan.

hairt doibh, teadh gach linn trid creidsinn an t-soisgeil.

Tha Criosd a tairgseadh na beatha ud anns an t-soisgeil gach là, do na h-uile seòrsa pheacach an nasguidh: agus, a leughadair, mur diùlt thu i, bithidh si agadsa. Ach eba ghabh thu i; 's fearr leat gu mòr thu féin a sgrìos gu sìorruidh, le bhi gluasad a réir do thoile pheacach féin, mur fosgail spiorad nan gràs sùilean d'intinn, chum's gu 'n tuig thu ciod e bhi càilte, agus ciod e bhi tearuint'. Gu 'n tugadh Dia creidimh dhuit.

'Nuair bha Adhamh an imcheist,
 Gun aon sùil aig ri tiondadh,
 'Us e'n deis dol air iomrol,
 Le briseadh cumhnaint gu h-iomlan
 Thàinig Dia le mòr thiom-chridh,
 A thoirt sgéil da, 'us iomraidh
 Air sàr chumhnant 'us ionmhas de ghràsan.
 Air, &c.

Dh'éirich misneach ar sinnsear,
 'Nuair a chual iad air innseadh,
 'N sgeul bu bhinne, 's bu milse;
 Sgeul air sgrìos air a'mhilltear,
 'Sgeul air fuasgladh o'n dìteadh,
 Le Urras dìongmhalta cinnteach
 Theachd a dh'fhulang am binnsan 'nan àite.
 Teachd, &c.

Tha 'n Co-cheangal ud siorruidh,
 Cha'n 'eil toiseach, no crìoch aig,
 Cha'n 'eil gaoid, cha'n 'eil giùmh ann,
 Tha deagh orduoh 'us rian air,
 Chaidh a dheanamh san Trianaid,
 A dh'aiseag pheacach ro lionmhor
 Dh'ionnsuidh réite ri Dia, agus slàinte.
 Dh'ionnsuidh, &c.

Ann an tionnsgnadh na saorsa,
 Mun do chruthaich e'n saoghal,
 Thuirt an t-Athair r'a Aon mhac,
 "Gabhsa nàdur chloinn daoin' ort
 "Thoir làn ghéill do m' Lagh naomb ann,
 "Dìol dom' cheartas gu daor ann
 "'Stheid mo spiorad leat daonnan le tàbhachd.
 "Stheid, &c.

"Tha mòr àireamh d'en t-sluagh ud,
 "A thig o Adhamh, 'se truaille,
 "Nach teid fhàgail 'nan truaighe ;
 "Tha mo cridhe làn truais doibh,
 "Tha mi sonruicht' am fuasgladh-
 "'S gheibh thu féin mar do dhuais iad, [nàmhuid
 "'Nuair a bheir thu dhoibh buaidh air gach
 'Nuair, &c.

Fhuaras freagradh gu h-ullamh,
 "O gheibh mi nàdur an duine,
 "'Sa theid an Spiorad a'm 'chuideachd,
 "Ni mi d'iarrrtas gu buileach,

“Ann an ùmhlachd, ’s am Fulang ;
 “Bheir mi’n dream ud o’n chunnart.
 “Ged ruig an claidheamh ro ghuineach gu
 m’àirnibh’.
 Ged, &c.

Thug an Spiorad grad aontadh,
 Le deagh ghean, ’us mòr ghaol da,
 Bhi thar tomhas gu saor aig,
 A ghleusadh nàdur a dhaonnachd
 A sheasamh cruadail gun aomadh
 ’Nàm bhi cosnadh na saorsadh ; [gràdhach.
 ’S chum a shluagh dheanamh naomh, agus
 ’S chum, &c.

achd.
 ’Nuair a thàin’ an t-àm iomchuidh,
 Chuir an Triath a mhac Ionmhuinn,
 (O mhnai bhoichd air a ghinmhinn,
 Ann staid ìsail, neo-inbhich,)
 Chosnadh teasairginn iomlain.
 Do na braighdibh fo iombhruid
 Le e féin thoirt mar iomlaid ’nan àite,
 Le, &c.

huid
 gach
 Ann an àite nam peacach,
 Thugadh ùmhlachd do’n reachd leis,
 Gun aon dleasnas a sheachnadh,
 ’S gun dol ròineag air seachran ;
 Ged bha àmhghar a gleachd ris
 ’S ged bha nàimhdean ro bheachdail
 Chum a tharruing gu feachdadh, ’s gu fàilinnu.
 Chum, &c.

Ann an àite nan truaghan
 Ghabh e fulangas cruaidh air
 Mòran cràidh 'na chorp uasal.
 Ann na anam trom uamhann,
 Nach 'eil e 'n comas a luadh leinn,
 Fearg an Athar 'ga bhualadh,
 Peanas peacaidh a shluaighe gu slàn air.
 Peanas, &c.

Ged bha ghaillion ad gailbheach,
 Chuir e ghnùis rith mar ailbhinn,
 Bhual am mallachd gu garg e,
 Rug am bàs gu ro shearb air,
 Bha e tamull 'na mharbhan,
 Shaoil a nàimhdean gu 'n d'fhalbh o,
 Ach dhùisg' 'us dh'éirich gu calma o'n bhàs e.
 Ach, &c.

Chaidh e suas chum an Athar,
 Shuidh e sìos air a chathair,
 Shleuchd na h-aingil le h-aidhear,
 Ghabh e sealbh anns na flaitheis,
 Ann an ainm a luchd tathaich,
 Fhuair e gràsan do-chaitheadh,
 Chum an roinn air luchd faighinn na slàinte.
 Chum, &c.

Thaom o'n Spiorad neo-ascaoin
 Air a naoimh, 'us air 'abstoil;
 'S rinn iad saighdearachd ghasda,
 (Mine, macant' a.g gaisge,)

Cha
 Ach
 Chui

Ch
 A th
 Tha
 Làid
 Tha
 Cum
 Fàidh

'S I
 Iùl 'u
 Ni e g
 Ni e'r
 'S chu
 Bheir
 Us ni

Sag
 Lochd
 Ris na
 Cha ro
 Ach th
 'S leòid
 Eadar

Cha do phill iad le masladh,
 Ach troimh Chrìosd a thug neart dhoibh,
 Chuir iad cath gus 'n do chaisg iad an nàmhaid.
 Chuir, &c.

Chum co'-cheangal na sìth ud
 A thoirt gu buil gu ro chinnteach,
 Tha 'n t-Eadar-mheadhonair prìseil,
 Làidir, acuinneach, dìleas,
 Tha gach oifig de thrì aig,
 Cum't'ri d' uireasbhaidh dìreach,
 Fàidhe, Sagart, 'us Rìgh e ro ghràs-mhor.
 Fàidhe, &c.

'S Fàidh ro iongantach mhòr e,
 Iùl 'us fios air gach dòigh aig;
 Ni e glic am fear gòrach,
 Ni e'n t-aineolach eòlach,
 'S chum 's gu 'n deanar a' chòir leis,
 Bheir e 'Spiorad gu 'n seòladh,
 'Us ni fhocal doibh lèchran ro dhealrach.
 'Us, &c.

Sagart urramach, naomh e,
 Iochd-mhor, truacanta, caomh e,
 Ris na truaghain air faondrath;
 Cha robh iobairt ach aon aig,
 Ach tha feartan innt' daonnan,
 S leòir chum réite chloinn daoin' i:
 Eadar-ghuidhear nach faoin e 's na h-àrdaibh.
 Eadar-ghuidhear, &c.

Euchdach, uasal an Rìgh e
 Treubhach, buadhach an strì e,
 Gleusd chum sluagh thoirt gu strìochdadh,
 Treun an caraid d'a dhìlsibh,
 Géillidh 'nàimhdean gu dilinn,
 Geur a shaighdean 's gach crìdh ac',
 Théid an leagal gu h-ìosal fo' shàiltibh.
 Theid, &c.

An t-Eadar-mheadhonair treun ud.
 'Se 'm fìor Dhia, 'se mac Dhé e,
 Is fìor dhuine, sliochd Eubh e,
 'S dearbh bhràthair dhuit féin e,
 Earb do chùisean gu léir ris,
 Tha e deas chum an reiteach', [bàigheil.
 Tha mòr thlachd aig 'na dhreuchdaibh, 's e
 Tha, &c.

Tha sàr gheallanna gasd aig,
 Tha iad tomadach, taiceil,
 Tha gach sonas gu pailt annt,
 Tha gach cobhair gun aire annt,
 Ma iad buileach an nasgaidh.
 Direach freagairt do'n pheacach,
 'S théid an co'ìonadh ceart mar is fearr dha.
 'S théid, &c.

Tha 's na geallannaibh briagh ud,
 Neart a ohlaidheadh do mbiannan
 'S a dheanamh toilichte, so-riarach
 Do chridhe gionach mì-rianail;

Tu
 Gu
 'S g

T
 Tha
 Crei
 Crid
 Cog
 Cair
 Sìth

Ch
 Anne
 Thàg
 Tha
 Tha
 Tha
 S cò

Mo
 u'm
 gus
 ach
 ean
 e bl
 s n

Tur gu d' aigne a riaghladh,
 Gu glic, suidhichte, ciallach,
 'S gu bhì guidheadh o Dhia gach ni 's àill leis.
 'S gu, &c.

Tha làn mhaitheanas saor annt,
 Tha buan aithreachas caoin annt,
 Creidimh cionalt, neo-bhaoth annt,
 Cridhe carthannach, maoth annt,
 Cogais chairisreach, chaomh annt,
 Càirdeas, gean, agus gaol annt,
 Sìth 'us sonas, le naomhachd gu bràth annt,
 Sìth, &c.

Chum do chreidmh, 's do dhòchas
 Anns na geallannaibh mòr ud,
 Thàgail cothromach còmhnard,
 Tha iad seulaicht gu dòigheil ;
 Tha seul a' bhaistidh air tòs ann,
 Tha seul na suipeir fadheidh ann ;
 'S còir an gabhail le h-eòlas gun àrdan.
 'S còir, &c.

Mo chreach léir, 'us mo chruadal !
 u'm bi cealgairan uallach,
 agus aineolaich thruaillidh,
 ach d'fhiosrach an truaighe,
 eanamh 'n cridhe n' as cruaidhe
 e bhì beantuinn gun smuaineach,
 as na seulaichibh uasal, 'us àrd ud.
 Ris, &c.

Chum do chleachdadh a stiuireadh
 Tha lagh rioghail 'sa chùmhant;
 'S bheir an Spiorad air drùghadh,
 Air do chridhe bha dùbailt,
 Ach tha nis air 'ath-ùrach',
 Air a lionaidh le dúrachd,
 'S le gaol Ios' a ni 'n ùmhlachd ro àluinn.
 'S le, &c.

Ach 'nad cheumaibh bi taigheach,
 Oir ma thréigeas tu'n rathad,
 Gheibh thu gleusadh o'n Athar,
 'Us ge geur 's ann gu math dhuit,
 Oir cha tréig e thu fathasd,
 'S b'e mòr bheud e gu 'm faigheadh,
 D' fhuigheall breun a bhi gabhail gu blà ris.
 D' fhuigheall, &c.

Tha 'n co'-cheangal ud uasal,
 Cha deach' bagradh a luadh ann,
 Cha deach' idir a smuaineach,
 Oir bha'n t-urras co buadhar,
 'S nach robh cunnart car uair air,
 Géilleadh tuisleach le buaireadh,
 Bha neo-thuiteamachd fuaighte do ghnà ris.
 Bha, &c.

Se cúis as mò th' anns a Bhìobull,
 An co'-cheangal so-mhìneach,
 Gu soilleir, glan, cinnteach,
 Do na peacachaibh diblidh,

Chum 's gu'm faic iad an dìteadh,
 Us gu'n teich iad chum didein, [tàir orr'.
 Dh'ionnsuidh 'n t-Slànuighir mhìn nach dean
 Dh'ionnsuidh, &c.

Cha 'n 'eil minisdeir dileas,
 Ann an cearna de 'n chrìosdachd,
 Nach e mhòr chuid d'a dhìcheall,
 A luchd éisdeachd a philltinn
 O 'm féin-fhìreantachd mhìllteach
 Dh'ionnsuidh sonas na fìrinn,
 An Co-cheangal ro phrìseil nan gràs ud.
 Ah, &c.

Tha clann daoìn'an staid nàduir,
 Fo bhruid theann aig an nàmhaid,
 'Se 'gan gleidheadh gu sàmbach,
 Cur ri peacadh gu dàna,
 Chum an truailleadh gu gràiveil,
 Gun bhi tuigsinn na h-àithne,
 Ach a teicheadh o'n t-Slànuighear àillidh.
 Ach, &c.

Fhir tha 'g éisdeachd mo sheanchais,
 Seall gu grad ri cor d'anma,
 Mu 'm be e tuille as anmoch ;
 Tréig d' fhìreantachd chearbach,
 'S leig dhìot a bhi coalgach ;
 'S mòr do chionta, 's do shalchar,
 Tha do chunnart ro abarrach dhàicheil,
 Tha, &c.

Cha'n 'eil beannachd ri 'ainmeach.
 Nach 'eil fear dioladh an ainmich,
 Cur an diugh ann ad thairgse,
 Saor gun òr, 'us gun airgead ;
 Bheir an creidimh dhuit sealbh annt
 Ged bhiodh laigs' ann ad earbsa,
 Gabh an cothrom, 's na dearmaid bhi sàbhailt.
 Gabh, &c.

Biodh an creidimh mar laimh dhuit,
 Bhios a' sir thoirt ad' ionnsuidh,
 As an lànachd nach ionndrain—
 Biodh e làidir 's thig slaim leis,
 Ach bidh beò aig san aindeis ;
 Bheir e sìth dhuit san aimbeirt.
 'S gus a' chrìch ni e taingeil gach tràth thu.
 'S gus, &c.

DO'N PHEACHADH. I. CHUID.

- 1 'Stu ceud aobhar gach seachrain
 A thàin' o reachd an Ard Rìgh oirn ;
 Cha 'n 'eil maise no dreach ort,
 Tha thu feachdte, neo-dhireach.
- 2 Cha 'n 'eil ceum anns an gluais thu,
 Nach 'eil truaigh ann, 'us mìothlachd
 Cha 'n 'eil neach air dhuit breith air,
 Nach bi breathal air cinnteach.
- 2 Cha 'n 'eil donas san t-saoghal,
 Nach tu's aobhar gu fìor air ;

Cha'n 'eil bàs ann no dòruinn,
Nach 'eil oirn-ne mar chis duit.

4 Cha 'n 'eil Pearsadh san Trianaid,
Nach bu mhiann leat gu dith e ;
Cha 'n 'eil buaidh anns an Diadhachd
Nach e d' iarrtus gu'millt' i

5 Is tu nàmhaid an anma,
Moch 'us anmoch, gu siorruidh ;
'Stu choisinn tein' ifrinn,
Aobhar crith, agus gris e.

6 Thog thu conasg 'us consach
'S iomadh contrachd neo-chrìochnach,
Thog thu trod agus buaireadh,
'S iomadh tuasaid neo-shìobhailt.

7 Thog thu carraid, 'us còmbrag
Measg nam mòrdhaoin', 's nan islean
Thog thu dragh, 'us mì-shuaimhneas,
Measg nan sluagh, 'us nan rìghrean.

8 Thog thu mortadh, 'us marbhadh,
Thog thu farmad, 'us mìrun
Thog thu tuaileas, 'us cùlchaint,
Bhris thu cùmhnant na sìochaint.

9 Thog thu gannlas measg bhrà 'irean,
Rinn thu càirdean mì-dhìleas ;
Thog thu mallachadh's breugan,
'S iomadh sgeulachd, neo-bhrioghar.

10 Rinn thu'n daonnachdach iargalt,
 'S am fear falaidh 'na mhìodhor ;
 Chuir thu ceatharna, 's mèairlich.
 Feadh gach cearn anns gach rìoghachd,

11 Rinn thu misgearan òlmhor,
 Rinn thu geòcairean cìocrach ;
 Rinn thu'n t-adhaltrach neò-ghlan,
 'S miannan feòlmhor na stiòpaich.

12 Rinn thu'n saoghaltach sanntach,
 Agus mealltar nan innleachd ;
 Lìon thu 'n cridhe le gearan,
 'S chuir thu talach 'san inntinn,

13 Rinn thu'n t-eucorach làidir,
 Bhios ag sàrachadh mhiltean ;
 'Us an snàigein beag dona,
 Bhios ag tolladh os iosal.

14 'Stric a sheòl thu an sloidhtir
 Dh'ionnsuidh oighreachd an fhirein ;
 'S a thug thu cosna 'n fhir thapaidh
 Chum a sgapadh le sìochair.

15 Thug thu gul as a ghàire,
 'S fala-gha gu bhì rìreamh ;
 Thug thu tuireadh a sòlas,
 Thug thu dòruinn a sìochaint.

16 Chuir thu cuthach san òigrìdh,
 Gu bhì 'g òl an toil-inntinn,

De gach cluich, 'us gach sùgradh,
Gun bhi 'n dùil gu'n tig crìoch orr'.

17 Rinn thu'n eaglais a shalchadh,
Rinn thu cealgairean lionmhor :
Luchd a chleachdaidh 'ta cearbach,
Ged tha'n earbs' anns an gnìomhaibh.

18 Dh'fhàg thu dall na cinniùil aic',
Gionach, lùbach, neò-chriosdail ;
'Nuair théid iad do'n chùpaid,
Cha bhi dùrd ac' air Iosa.

19 'Théid an t-searmoin a leughadh,
'S bidh na breugan mar ghiomh innt ;
'S iad mo thruaigh an luchd éisdeachd,
Cha bhi sgeulachd ach bliòn ac'.

20 'S moch a rinn thu geur-leanmhuinn,
Air gach searmonaich dileas.
A chuir Criosd am Fear-saoraidh
A chraobh-sgaoileadh na firinn.

21 'Stric bha d'ionnsuidh glé fhiadhaich,
A chur diadhachd fo mhìchliù.
'S bhiodh fìor ghòraich, 'us aingeachd,
Measail, ainmeil le d' dhìlsibhs'.

22 'Stric a chuir thu droch theagamh
Ann an creidimh nan criosduidh ;
Chum an deanmh mi-thaingeil,
Gun gheall-daingnich na rioghachd.

23 'S tric a thug thu dhoibh leònach,
 A dh'fhàg gun solas, gun sìth iad.
 A dh'fhag an siubhal do-bhrònach.
 Mar neach air fhògradh a' chriochaibh.

24 Thug thu aoibneas do Shàtan,
 'Gan sir-thàlath gu d' liontaibh.
 Ach tha ceannard nach géill ac',
 's bidh e fein doibh 'na dhìdean.

DO'N PHEACADH. II. CUID.

1 'S don' an gné th' ann ad nàdur,
 's por a dh'fhàs gun aon siol thu :
 Tha do chumhaich do-rannsaich,
 tha do ghannlas do-innseadh.

2 Chuir thu aingil ro naomha
 fad air faondrath o'n fhirinn :
 Lion thu 'n smuaintean le àrdan,
 spion thu mhàn iad glé iosal.

3 Rinn thu 'n cridhe mi-thaingeil,
 's chuir thu naimhdeas 'nan inntinn
 'N aghaidh bhuaidhead an Ardrigh,
 agus à'ntean ro phriseil.

4 Chuir thu 'n nathair do'n ghàradh,
 a ghabhail fàth air ar sinnsir ;
 'S cha b' e 'n truaigh-san a dh'iarr thu,
 ach sgrìos an iarmaid ro lionmhor.

6 Chuir thu seachran o Dhia orr',
 's gach droch mhiann anns a chridh ac';
 Rug am mallachd, 's an t-eug orr',
 le do bhréig, 's d' ais-innleachd.

6 Rinn thu mortair de Chàin,
 's b'ann air Abel am firean :
 'S cha robh sobhar do'n àr ud,
 ach am bràthair bhi dileas.

7 Rinn thu ainneart a sgacileadh,
 feadh an t-saoghail gu lionmhor :
 Lion thu'n saoghal le foirneart,
 agus dh'fhògair thu 'n t-siochaint.

8 Thruaill thu sligh' gach uile fheòla,
 thug thu dòrta na dil' orr':
 Cha d'fhan a h-aon diubh gun bhàthadh,
 'nuair a thàin' an lom-sgrìob ud.

9 Ach an t-ionracan Nòah,
 's na bha chòmhnuidh fo dhion aig',
 A rinn an Trianaid a chaomhnadh,
 chum an saoghal ath-shiolach'.

10 Dh'fhàg thu Sodom co gràineil,
 le do ghnàthannaibh griseil,
 'S gu 'n d'rug léir-sgrìos gun dáil air,
 le breth an Ardrigh ro phriseil,

11 Bhrùchd tuil thein' as na speuraibh
 a chur gu h-eitich gu dith e :

Chuireadh suas e mar shaimpleir,
air cor nan aingidh gu siorruidh.

12 Thug thu leth taobh clann daoine
dh' ionnsuidh aoradh nan iodhol :
Rinn thu'n aigne ro dhiomhain,
chuir thu'n Trianaid air dichuimhn.

13 'S tric a thruaill thu sliochd Iacoib,
siol an armuinn deis, dileis :
'S tric a rinn thu dhiubh tràillean,
fo do shàiltibh glé iosal.

14 'S tric a mheall thu gu d' ghràdh iad
'nuair b' e 'n àite bhi stri riut :
B' aobhar truais iad 'nad sheirbheis,
cosnadh feirg an Ardrigh dhoibh.

15 Thug thu tuisleadh do Dhaibhidh,
's mòr a chaill e d'a shith riut :
'S ge bu tuigseach rìgh Solamb,
rinn thu dholaidh 's a mhista.

16 Cha robh duine de 'n t-seòrs ud,
nach do leòn thu le d' bhriodal :
'S tric a rinneadh le d' laimhs' iad
'n an droch shaimpleir do Israel :

17 Cha do sguir thu de d' bhuaireadh,
gus 'n do thruaill thu an rioghachd.
Thruaill thu 'n sagart, 's am fàidhe,
thruaill thu 'n àrd-dhaoin' 's an islean.

18 'Thug sud braighdeanas tràilleil,
ann am Babilon shios orr';
Fo rìgh Nebuchadnésar,
fear d'am b'éigin doibh striochdadh :

19 Gus an d'thàinig an ùine,
san do dhùisgeadh dhoibh Cyrus ;
A rinn an aiseug d'an dùthaich,
'sa thug cùmhnantan sith dhoibh.

20 Lean thu fathast gu geur iad,
mhill thu leursaìn an inntinn ;
Chuir thu creidimh gun ghràdh annt,
'us fuar-chràbhadh gun bhri ann.

21 Ged bha 'n Slànuighear ciatach,
iomadh bliadhna san tìr ac',
Le do chuilbheartaibh seòlta,
cha robh 'n eolas ach cli air.

22 Thug thu orra a cheusadh,
le droch eud, 'us le mirun :
Sud an ceusadh thug sgrios ort,
tha thu nis air do dhiteadh.

23 Sud an ceusadh tha dearbhte,
mar bhun earbsaidh, do'n chriosduidh.
Gabh sa comhairl, a pheacaich,
thig a steach, 's bi fo dhion sud.

24 Bheirear maithneas saor dhuit,
agus naombachadh fìorghlan :

Trid a' chreidimh bheir gràs duit
's bidh do nàmhaid an iochdar.

RANN AIR AN DROCH CHRIDHE.

1 Tha mo chridhe co teagmhach
'us nach creid e aon fhocal o Dhia :
Tha mo chridhe n' as cruaidhe
na 'n reotha, 'n tra's fuairleadh an sian.

2 Tha mo chridhe co feargach
's gu'n ieuim e gu garg air a' choir ;
Tha mo chridhe co santach
s' gur beag leis na beanntaichean oir.

3 Tha mo chridhe co uaibhreach
'us gur tric e ri uaill anns a nàir :
Tha mo chridhe le salchar.
Mar an sgeith thig o'n bhalgair, 's e làn.

4 Tha mo chridhe co luaineach
's a bhios tonnan a' chuain leis a' ghaoith
Tha mo chridhe co mealltach
's nach faighear dha samhlaidh a chaoi.

AN SOISGEUL.

'Deadh sgeul mhòr aoibhneas do'n uile sbluagh."
'Saoraidh se a phobull féin o'm peacaibh."

'Se 'n soisgeul gràdhach thug Dia nan gràs duinn
A chum ar sàbhaladh dàn mo rùin :
Ach 's eòlas àrd e, air cùisibh àluin,

Nach tuig an nàdur a tha gun iùl.
 Gur mis' an truaghan, 's na leòir m' an cuairt domh,
 Toirt éisdeachd cluais da, mar fhuaim nach fiach;
 B' e 'n gnothach cruaidh e nach tuig an sluagh e,
 An sgeul as uaisle a chualas riamh.

Tha clann nan daoine gu tur fo dhaorsadh,
 Aig Dia an t-sao'il so, 's ag aoradh dhà:
 Fo chois am miannan, a tha do-riarach:
 Gun fheart, gun iarruidh air Dia nan gràs:
 A' deanamh tàir air gach ni is àill leis,
 A' briseadh 'à'ntean gach là gun sgiòs;
 E fad o'n smuaintibh, 's iad ruith gu luath uaith;
 Chum na truaighe ta buan gun chrìch.

Ge mòr an cùram tha 'g Dia nan dùl diubh,
 Cha tig iad dlù dha le ùrnaigh chaoin;
 Bu mhòr a' ghràin leò bhi uair 'na làthair,
 An caidreamh blath ris 'na àros naomh:
 Iad ruith na gaoithe, 's ag earbsadh daonnan,
 Ri sonas fhaotainn am faoineis bhreug;
 Gun fhios, gun aird ac' air dòigh n' as fearr dhoibh
 Na greim an drast air n' a's aill le 'n cré.

Tha 'm barail laidir gur muinntir shlan iad,
 'S nach 'eil cionfath ac' air grasaibh Dàe:
 Tha 'n soisgeul faoin leò, seach gean an t-saoghail,
 Tha 'n cridhe eutrom, gun ghaol do'n Léigh
 Ach 's ait an sgeul e, air léigheas eutach:
 Do dhuine euslan, fo chreuchdaibh ciùrt;
 'Us noimheachd phrìseil, o Dhia na firinn
 Do neach fo dhèteadh, 's e dìblidh, brùit.

Do neach fo smuairan, le Dia bhi 'n gruaim ris,
 'Sa lochdan uamhur 'g a chuartaich dlù;
 Gun fhios nach aite dha ifrionn chrìteach,

M' an tig an maireach, 's am bas 'na shùil.
 Do neach a dh'fhaoluim o'n Spiorad Naomha,
 Gur sonas baoth bheir an saol so uaith ;
 Nach'eil ann ach sgail deth 'san am tha lathair,
 's gu 'm bac am bas e nach fas e buan.

B'e sgeul an aigh e, air beatha 's slainie,
 O Ios' a bhasaich 'na ghradh do dhaoin'.
 'Si 'fhuil am plasd anns a bheil an tabhachd,
 'Nuair théid a caramh gu baigheil, caoin,
 Ri cridhe leòinte, gun ghean, gun shòlas,
 Ach doilich, brònach, gun seòl air sith ;
 Le Spiorad uasal nam feartha buadhar,
 'Nuair thig e nuas air le gluasad mìn.

Sud sgeul ro aobhneach, air maoin'us oighreachd,
 Do dhuine daibhir, gun sgoinn do'n t-saol ;
 Air crùn, 'us riòghachd a chaoi nach crìochnaich,
 Gun dragh gun mhìothlachd, ach sìth, 'us gaol.
 Sud sgeul ro araidh do dhuine-taireil,
 Air urram ard ann am Pàrras shuas ;
 Le gradh gun aimhleas, ameasg nan aingeal :
 'S cha teirig cainnt doibh, toirt taing do 'n Uan.

Deadh sgeul air fuasgladh, do pheacach truailidh
 O chionta duaichnidh, nach suail a mbeud ;
 Tre 'n chumhachd bhrìoghar a ta an iobairt
 An t Sagairt rìoghail, ta sìobhailt, séamh :
 'S air feartaibh grasmhor, ni cobhair trath dha,
 'Nuair bhios a namhaid gu laidir, gleusd,
 A' tarruinn teann air chùm 'earbs a thionndath
 Tur bun os cionn da, le ionnsuidh thréin.

Air gras, 'us trocair bheir neart, 'us treòir dha,
 Re fad an roid dh'ionnsuidh gloir an Uain ;
 'Sua neamhaibh ard far am pailt an gradh dhoibh,

'S cha teirig càil doibh gu bràth g' a luadh.
 'S e cliù an sgeòil ud gur fìrinn mhòr e,
 Gun fhocal mòr-uail, no sgleò gun bhri;
 'S e Criosd an èiric as buaine èifeachd,
 An ìobairt rèitich, sar stèigh na sìth.

Thug Dia an t-Ardrigh aon mhac a ghràidh dhuinn,
 A ghabh ar nàdur, 's e bharr a riann;
 Anns an d'thug e 'n ùmhlaichd, le deòin, 's le dùrachd,
 Thug còir as ùr dhuinn teachd Òlù do Dhia:
 Sàr ùmhlaichd chiatach do lagh na Trianaid,
 Leis an duin' is Dia ann bha riamh re feum;
 An coslas truaghain de dhuine truailidh,
 Ach a b'fhearr, 's a b' uaisle na'n sluagh gu léir.

An caraid gaolach a choisinn saorsadh
 Do' chinneadh dhaonna le caonnaig chruaidh;
 A dh'fhuiling tamailt o rug a mhà'ir e
 Gu là a bhàis ann an àit an t-sluaigh.
 Nuair bu naoidhean òg e, rinn Herod fhogradh
 'S e dearcadh 'n combnuidh air dòigh an t-sluaigh.
 Bha 'bheatha brònach, am fad 's bu bheò
 'S e cruaidh an toir air gu bheo thoirt uaith.

Oir b' e bu ghnàth dhoibh bhi deanamh tàire
 Air Athair gràdhach, 's air 'àintibh naomh:
 'S bhi deanamh dearmaid air slàint' an anma,
 Le cleachda garg, 'us le h-angnath baoth.
 Na Sagairt uaibhreach, 's na h-ard dhaoin' uaisle
 Nan naimhdibh buan da, le fuath gun chrìch:
 A' de namh dìchill, le h-ìomadh innleachd,
 Us mòran mìruin gu 'shìr chur sìos.

Us air a lorg bha na diabhla borba,
 A' parionns' an dorachadais, colgail, cruaidh:
 Ach 'se bu chràitich an ceartas àrd bhi

Cur claidheimh 'n sas ann, gun bhaigh, gun truas
 Rug mallachd Dhia air arson na fiachan,
 Bhuin 'Athair fial ris gn fiata garg ;
 Oir rinn e thrèigsinn an am na h-èigin,
 Nuair chaidh a cheusadh le h'eucoir gharbh.

Ach 's gearr a' chuairt a bha'm bas an uachdar,
 Gu h-aithghearr fhuair e a'bhuidh gu slan ;
 Oir rinn e èiridh 'n treas latha 'n dèigh sud,
 Gu subhach, treubhach, chum feum do chach :
 Do pheacaich dhìblidh, a bha fo dhìteadh,
 Gu'n deanadh 'fhireantachd didean doibh ;
 O chiont an naduir, 's o'n lochdaibh graineil.
 'S o chumhachd Shatain bha glina ri foill.

Nis anns na h-ardaibh,, tha neart gu brath aig
 A chum na's aill leis thoirt sabbhailt suas ;
 'Us chum a naimhdean a sgrìos gun taing dhoibh
 Droch dhaoin' 'us aingil, luchd ainneart chruaidh.
 Ach thair gach seòrsa na peacaich mhòra
 I-a 'm fuathach eolas air dedin an Triath :
 Nach creid an fhirinn, ged tha i cinnteach,
 Nach gluais gu dìreach, ach sìr dhol fiar.

Ged bhiodh an criosduidh 'n a luidh am prìosan,
 Gu dochrach, iotmhor, gun bhiadh, gun slaint,
 Ni'n soisgeul siorruidh, tre bheannachd Iosa
 A chridhe tiorail, le fìor ghean graidh.
 Ged dhuisg a namhaid geur leanmhòinn craiteach
 Gun aon chion fath air ach gradh, 'us sìth :
 Tha chridhe aoibhneach tha ghnùis ro aoidheil ;
 Tha dan 'us laoidh aig' gach oidhch gun dith,

E cumail gleachdaidh an aghaidh peacaidh,
 'S a stiùireadh chleachdaidh, le beachd air Crìosd ;

Tha gaol do'n reachd thar gach ni, 'us neach aig ;
 'S cha ghabh e tlachd ann an seachran fiar.
 'Se Dia na trocair a neart, 's a chomhnadh,
 A bhios an comhnuidh toirt seolaidh dha.
 Cha lag a dhochas, cha bheag a sholas,
 Tna aiteas mor aig' nach eol do chach.

A Thighearn, Iosa. gabh truas de 'n chrìosdachd,
 Tha 'n t-eolas ìosal, 's gach crìoch muncuairt:
 Is bras a dh' éireas gach mearachd éitich
 'S is beag an t-eud th' aig a chléir san uair.
 Dean creidimh, 's eolas, dean gaol na corach,
 'Us pailteas solais, a dhortadh nuas :
 Gu daoin' a philltinn, o'n cleachdaibh millteach,
 'S gu naomhachd inntinn bhi cinntinn suas.

Cuir gaol na sìochaint ameasg nan rìghrean,
 Is borb ri strì iad mu ni ro fhaoin.*
 Taid tional armailt, 's cinn-fheadhna falbh leo,
 A ghlacadh talmhainn, 's a mharbhadh dhaoin';
 Daoin nach d'thug fuath dhoibh, 's le'm b'aill bhi
 suaire, ach
 Chaidh sparradh 'n tuasaid le 'n uachdrain féin
 Mo thruaigh! nach b'fhearr do na h-uachdrain ard ud.
 Bhi beo mar bhrairibh, an gradh da chèil.

A Dhè na sìochaint, craobhsgaoil an fhìrinn,
 Measg slogh nan tìrean, 's nan innsean cian :
 Mar dhaoin' air chall, ann an ceo nam beann iad,
 An oidheche teann orr, 's iad fann gun bhiadh.
 Thoir solus glè 'ghlan, thoir rathad réidh dhoibh,
 'S cridhe gleusd a thoirt géill do 'n uan :
 Thoir sgeul do shláinte, thoir fios do ghraidh dhoibh!
 Cuir feart do ghrahan 'nan dail le buaidh.

* Sgriobhadh so ri am cogaidh.

CREIDIMH.

"Creid anns an Tighearn Iosa Críost, agus saorair thu."

"Gach ní nach 'eil o chreidimh is peacadh e."

Leam is ioghnadh an ní nach 'eil fírinne na sláinte
 Air a creidsinn do ríreamh gun díobradh, gun táir,
 Leis gach íosal 'us uasal d'an dualach am bás,
 'Nuair tbig aiteal d'a fuaim chum an cluasan le fáilt.
 O'n 'se creidsinn bheir fuasgladh do thruaghanaibh leóint.
 O an cleachdannaibh truaillidh, 's o'n truaigh air an tóir.
 'Se a ghleusas an cáil chum an grádh thoirt do Dhia,
 Chum an tlachd bhí 'n t-áitibh ré áluinn gach ial.

Leam is ioghnadh an ní gu bheil fírinne na sláinte
 Air a creidsinn do ríreamh gun díobradh, gun táir,
 Le duin' íosal no uasal d'an dualach an bás,
 Ged a bhuaileadh a fuaim air an cluasaibh do ghná :
 Tha an fírinne 'na buadhannaibh uasal toirt bárr
 Air na seudaibh as luachmhoir' mu'n cual thu 'n ad lá ;
 'S tha do nádur co suarach 's gur fuath leis a gnáth,
 Oir cha dúraig e smuaineach bhí uair air a sgáth.

Tha gach focal de 'n fírinne a' díteadh cloinne daoine,
 O'n tha'n cleachdanna eil, 'us an innleachdan éalaon ;
 'S o'n tha iadsan le dícheall gam fíreanach' féin,
 'Se am miann a bhí sír tharruinn síochaint o'n bhréig.
 Tha an crídh aca sanntach, lán gannlais do'n chóir ;
 Tha an inntinn ac' dall, tha iad meallt air gach dòigh.
 'S ann ri Satan tha'n réite, 's iad géilleadh d'a mhiann :
 Cia mar dh'fheudas iad éisdeachd le spéis'ri guth Dhíá ?

Deir an Slanúighear príseil, beul bhí nach can breug.
 "Cha do chreid sibh do bhrí gur i 'n fírinne tha'm bheul."*
 Cia mí-chiallach an reuson ! cia éitich ! cia fiar !
 Air an fírinne a théigsinn mar bhreugaibh nach fiach !

* Eoin viii. 45.

'Siad mo thruaighe clann daoine, co baoghalt, 's co dūr!
 Dol a thaobh mar theid caoraich air faondrath gu dlù!
 Mar tig feartan o'n aird thoirt doibh nàduir as ùr.
 Cha chreid neach de shliochd Adhaimh an Slànuighear ciùin.

Creidimh naomb agus fìor ann an Iosa mac Dhé,
 Deir an Scriobtur gur tiolac o Dhia e gu léir.
 Bheir a thròcair 's a ghaol e gun aobhar no fàth,
 Do na truaghanaibh baoth, tha fe dhaorsadh do'n bhàs;
 A thoirt beò dhoibh o'n bhàs, 's fradharc slàinteil d'an sùil,
 Chum 's gu 'm faic iad mar dh'fhàg iad an à i'n air an cùl:
 Mar a bhrosnaich iad Dia, le bhli fiaradh an gnàth,
 Chum an dìteadh gu piantaibh nach crìochnaich gu bràth.

'S mar tha mì-chreidimh gràineil air àrach 'nan crìdh,
 Bhios a ghuà deanamh tàir air an t-Slànuighear mhìn:
 'S chum gu'm faic iad an fhìrinn tha 'g inuseadh mu Chrìosd,
 Gach ni rinn e, 's a ni e thoirt sìth dhoibh gun chrìoch:
 Mar a dh'oirich e 'n fhìrcantachd phrìseil leis féin,
 Rian am fuasgladh o'n dìteadh, le cinnte nach géill:
 'S mar a bheir e dhoibh gràs chum an gnàth dheanamh seamh,
 Gus am fàs e co àillidh 's gu'n tàr e gu neamh.

'Nuair a gheibh iad an leursainn ud, ceutach, neo-chlaon
 Ni e tuigseach 'us geur iad thair reuson chloinn daoin':
 Chi iad cuspairean lionmhor tha dìomhair do chàch;
 'Sao'l neo-fhaicsinneach siorruidh, ro fhior, 'us ro àrd.
 Chuireas sgàil air an t-sao'l so, 's gach faoineis 'na chiom,
 Nochdas luaimheach mar ghaoith e, co aotrom ri moll,
 Eiridh 'n intinn gu dàil gu ro àrd os a cheann,
 Dh'ionnsuidh Phàrrais an gràidh, 's gach ni àluinn a th' ann

Nis o 's leur dhoibh an stéigh, agus éifeachd na slàint,
 Cha 'n 'eil déigh ac' bhì 'g éisdeachd ri breugaibh an nàmh:
 'Si an fhìrinn gun fhoill a bheir aobhneas doibh ghnà;
 'S bidh an inntinn 'ga fuoidhneachd a dh'oidhch, us a la,
 Fanaidh 'n t-as-creidimh! luimeil mar fhuighleach a là 'ir,
 Ach cha chlos doibh 'ga chuibhleach, 's 'ga chlaoidheadh gach
 trà.

Chuid a chuid gheibh iad buaidh air, ge buan e, 's ge rag;
 Oir bi'dh gràs 'gan ath-nuathach', cha dualach dha stad.

'S gasd an acuinn ri h-éigin, no deuchainnibh cruaidh,
 Creidimh dìongmhalta, treubhach, nach géill ri h-an-uair.
 Ach ní greim gu ro chruaidh air gach buaidh a ta'n Criosd,
 Chum na feartan thoirt nuas, ní ar fuasgladh, 's ar dìon.
 Cha 'n 'eil aon ní 'san t-saoghal co gaolach aig Dia,
 'Us cha'n fhaodar as aogais le daoinibh a riar; *
 Oir ri f'irinnibh Dhé chuir e 'sheula gu slàn, †
 'Nuair ní 'n t-ascreidimh breug de gach sgeul thig o'n aird. ‡

O'n tha'm peacach thaobh nàduir 'na nàmhaid da ghnè, ‡
 'S e an Triath le laimh làidir a dh'àraicheas e :
 Bi'dh a ghairdean gu feartmhor a neartach' gach gnìomh,
 Toirt a bhochduinn gu beartas, 's a' ceartuch' gach gìomh ;
 A thoirt ùmhlachd le gràdh do na àintibh gu lèir,
 Gun dad uail ach fein-àicheadh bhì ghnà anns gach ceum ;
 Oir ge dian bhios a mbiann gu bhì diadhaidh gach àm,
 Chi e 'n lagh aig an Triath fada cian os a cheann.

Creidimh fìor bi'dh gnà shùil aig ri ùrach' o'n aird
 Bheir e ort dol a dh'ùrnaigh le dùrachd gach trà ;
 Urnaigh threun thèid a dh'urchair gu cuimseach gu neamh,
 'S a gheibh èisdeachd gu tìlehuiseach, cunbhalach, ròidh :
 Chuireas faobhar' us gleus ort gu h-eudmhor, 's gu bed,
 Chum do thoil bhì gu lèir arson Dhè, 'us a ghlòir :
 'Si do chràdh 'n ùrnaigh mbarbh bhios aig cealgair nan làb,
 Urnaigh bhochd arson ainm, gun dad tairbh iunt no sùgh.

Fhad 's a riaghas an gràs ud thù 'n làthair do Dhè,
 Bi'dh do naombachd a fàs, bi'dh do ghàirdeachas gleusd ;
 Cha bhì smuaineach ad chrìdh nach bì dìleas us' enead ;
 Bidh do mbiann ris gach ní a bhios dìreach us ceart.
 Fhad 's a riaghas an gràs ud thu 'n làthair chloinn daoin,
 Cha bhì gnìomh ní do làmh nach bì gràdhach, us caoin,
 Cha bhì focal 'n ad bheul nach bì reusontach, ciùin,
 Ged a thachradh riut bèist bhios gun bheusan, gun chliù.

Tha an gràs ud co ceutacn, 's co feumail gach uair,
 Us nach fheudar as eugmhais gu 'n èirich leat buaidh.

* Eabh. xi. 6.

† 1 Eoin v: 10.

‡ Eoin iii. 33.

‡ gno a chreidimh.

Bi 'ga altrom gu dednach, ri d' bhed, 'us ri d' bhàs ;
 Bitheadh sìth agus sòlas an còmhnuidh 'na là 'ir.
 Bi ag rannsach' an fhacail le tlachd, 'us le miann,
 Do gach creidmheach is taice gach seachdain de'n bhliadh,
 Lean gach aon mheadhan gràis fad do làthan gun sgios,
 'S thig do chreidimh, 's do shlàinte gu lànachd gun dìth.

DO'N NHICHREIDMHEACH.* I. CHUID.

"An ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana,
 Chionn nach do chreid e an ainm aonghin mic
 Dhe" !*

"Do bhrìgh gu bheil mise 'g innseadh na fìrinn.
 Cha 'eil sibh ga m' chreidsinn."

- 1 Cha do chreid thu do dhìteadh,
 Ged 's i 'n fhìrinn a dhaor thu,
 Dh' ionnsuidh ifrinn na pèine ;
 Us cha leur dhuit do bhaoghal.
- 2 Cha do chreid thu do chridhe
 Bhi sìr thighinn, gu faoilidh,
 Air gach ole th'air a bhacadh,
 Leis an reachd tha ro naomh dhuinn.
- 3 Cha do chreid thu gur comadh
 Leat an comunn ro chaomhail,
 Th' aig na naoimh ris an Dia ac',
 'S nach b' e 'm miann bhi as aogais.

* Az-creidmheach.

- 4 Gur e t'athair an diabhol,
 'S gu bheil a mhiannan leat aobhach :
 Gur fìor nàmhaid do Dhia thu,
 Air dol cian uaith air faondrath.
- 5 Gu bheil thu 'n còmhnuidh 'na fhianais,
 No gur fiach dhuit do shaothair,
 Dol a lùbadh do ghlùn da,
 Ann an ùrnaigh, no aoradh.
- 6 No, ma rinn thu an lùbadh,
 Gu'n robh 'n dùrachd gle fhaoin ann ;
 Thaobh do chridhe bhi truaillidh,
 'S gur co luaineach ri gaoith e.
- 7 Cha do chreid thu gu'm b' f hcurr dhuit,
 Bhi sìr fhàs ann an naomhachd,
 Na bhi cumhachdach, saibhir,
 Le mòr oighreachd san t-saoghal.
- 8 Chreid thu breugan an diabhoil
 (Fear bha riadh ga do shlaodadh,
 Chum a gharaidh gu dian leis,)
 Fad roimh fhianais 'n Fhir-shaoraidh.
- 9 Chreid thu 'n t-slighe bhi leathan,
 Bheir gu beatha nach caochail :
 Gur gle f harsainn an geata,
 'S iad dol steach air nan sgaothaibh.
- 10 Chreid thu 'n t-slighe bhi aimhle'an,
 A bheir gu gaintir a' chaoinidh ;

Gu bheil cachaileag theann air,
'S iad ro ghann tha 'ga faotainn.

11 'Sann air Dia chreid thu mì-sgeul ;
E bhi dìreach rèir d' aoigis,*
E bhi toilicht' le d' chleachdadh,
'Us do d' pheacadh toirt aontadh.

12 Do do smuaintibh neo-gheamnaidh,
'Us do d' sheanchasaibh draosda.
Do d' adhaltranus gràineil,
'Us do d' mheàirle gun aobhar.

13 Do do bheumadh, 's do d' chàineadh
Air a' bhràthair bha caomh riut :
Do do bharganaibh carach,
'Us tu mealladh na dh' fhaod thu.

14 Gach aon ni bhiodh tu ceannach,
Bhi 'ga tharrainn ro shaor ort,
'Us gach neach ri 'n do reic thu,
Nach bu deic leis a dhaoirid.

15 Ris gach droch rud a ni thu
Cumaidh 'm mì-chreidimh 'aodan ;
Ged b' e guidheachan drabasd,
Ged b' e sabaid no caonnag.

16 Gheibh e leisgeul an còmhnuidh
Do d' gheòcaireachd chraosach :

* Sal. i. 18—21.

'S ni e dearbht thu nach misd thu
Bhi ro thric air an daoraich.

11. CUID.

- 1 Ged is lionmhor na peacaidh
Ta an cleachdadh chloinn daoine ;
Ged tha lochdan nach gann ac',
Cuid n'as antruim, 's n' as aotruim :
- 2 Ged tha smuaintean ro dhiomhain,
Agus gnìomharan baoth ac';
Ged tha braid agus breugan,
'S breth-air èigin gabh taobh ac':
- 3 Ged tha mìrun'us seirbhe,
'S mòran ceilg far nach saoilinn ;
Ged tha ardan 'us farmad,
Air an anmaibh toirt caoile :
- 4 Cha'n 'eil iad uile co millteach,
Ris a mhì-chreidimh bhaobhail ;
Nach creid an fhìrinn 'us feumail,
Ach na breugan 'us claoine.
- 5 Nach creid focal thuirt Dia ruinn,
Chum ar riaghladh, 's ar faolam ;
Ged 's e creidimh 'n t-aon inncal,
Ni o mhilleadh ar saoradh ;

- 6 'S a bheir sealbh dhuinn sa bheannachd
 A chaidh cheannach' gu daor dhuinn ;
 A choisinn Criosd duinn gun sòradh,
 'Nuair a dhòirteadh fhuil chraobhach.
- 7 'S e sud peacadh na dunach,
 Cha'n 'eil duine tha saor uaith ;
 Fhad 's a ruigeas an fhìrinn,
 Bidh e cinnteach gu'n sgaoil e.
- 8 Ma's duin' thu 'n staid nàduir,
 Bidh tu ghnà leis ag aomadh ;
 'S ged fhuair thu a cuibhreach,
 Leanaidh fuighleach nach caol riut.
- 9 Air do shùilibh thig sgleò leis,
 Bheir e ceò ort ni caoch thu :
 E co scòlta gu mealladh,
 Ris an t-sionnach a saobhaidh
- 10 E co leanmhuinneach, beadaidh,
 As nach teich e ri d' aois uait :
 'S e do sgrios tha e miannach',
 'S fad mun iarr e do chaomhnadh,
- 11 Seas, 'us scall air do chunnart,
 Gun fhios e'uin a gheibh 'n t-aog thu.
 Gabh ri Criosd anns an thacal,
 Leig do thaic ris 'na aonar.
- 12 Cum an comhnuidh do shùil air,
 Bi gu dlù ris air d' aonadh :

Gabh an Spiorad gun dàil uaith,
Ni e gràs ort a thaomadh.

13 Fhir tha creidsinn na firinn,
Dean am mì-chreidimh shoadach ;
Na toir tàmh dha, no fasnath,
Cuir air asdar do'n fhraoch e.

14 Oir ma gheibh e to chis thu,
Bidh tu 'd chinneig, 's ad dhaolaig :
Thig do mhisneach gu fuarach',
'S thig do chruadal gu maoladh.

15 Falbhaidh d' eud, 'us do chùram,
'S caillich 'n dùrachd am faobhar
Bidh do shìth air a leònadh,
'S thig do shòlas gu tracghadh

16 Creid an fhìrinn gun teagamh,
Bheir an creidimh an gaol leis ;
Ni e snasmhor do ghluasad,
'S bithidh buaidh agad daonnan.

AN GEARAN.

“Och is duine truagh mi ! cò a shaoras mi o
chorp a' bhàis so ?”

Is doilich leam mar tha mi
Ag siubhal le mo nàmhaid,

Eas-ùmhail do na àintibh,
'S mo ghràdh dhoibh co fann.

'S iomadh fear a bhàrr orm
Tha siubhal réir a nàduir;
'S e 'n lagh tha fulang tàmailt,
'Us tàire nach gann.

Riamh o thuiteam Adhaimh,
'Se 'm peacadh 'n ni as fearr leinn,
'S mì-chneasd a thug sinn gràdh dha,
'Ga thàlath gach am.

Cha d'fhuair mi fad mo làithean,
Dad bhuannachd, no dad stàth dheth,
Ach daonnan tarrainn sàis orm,
'S 'g am chàramh am fang.

'S e dh'fhàg gach ni a leugh mi,
Gach searmoin riamh a dh' éisd mi,
'S gach guth a labhair beul rium
Gun f'heum dhomh, gun stàth.

'S e mhilleas gealladh Dhé orm,
Nach earb mi ris ach eutrom,
'S nach càirich mi rium féin e,
Gu h-èifeachdach, slàn.

'S ann chuir e mi an déislaimh,
'G am fhàgail ro mhì ghleusda,
Gu h-obair uasal, euchdach,
'S gu treubhantas ard :

Gu gleachdadh ris an eucoir
A bhios a'm' chridhe 'g éiridh,
No chithear ann am bheusaibh,
Gu h-èitich, 's gu grànd.

Nam bithinn tairis, dileas,
 Ag leantuinn ris an fhirinn,
 Bhiodh ise dhomb mar dhèidean
 Nach diobradh gu bràth.

Ged chuireadh daoine sìos mi
 Le casaidibh, 's le dìtibh,
 Gu'n togadh ise ris mi,
 'Us dhirinn an aird.

Cha toilleadh i gu dilinn
 Dad coire dhomb no mìothlachd,
 Tha ceangal ris an t-sìth aic',
 'S is dìreach a gnàth :

Ach 's mòr an call, 's an dìth dhomb,
 Gu bheil i tric air di-chuimhn,
 'S nach eil a creidimh cinnteach
 A'm' inntinn ag tàmh.

Bha amaideachd 'us gòraich
 Ag leantuinn rium o m' òige,
 'Us b' annsa leam gu mòr iad
 Na 'n t-eòlas as fearr.

Nan deanainn leth na còrach
 Cha chreidinn nach bu leòir e,
 'S nach tearnadh sud fa-dheòidh mi,
 Gun dòigh air ti'nn gearr.

Ge mòr an t-aobhar sòlais
 Bhi 'n comunn Rìgh na glòire,
 'S iad b' annsa leamsa òrain,
 'S bhi 'g òl nan deoch slàint.

Bu dallag mi nach sòradh,
 Bhi cluich air bruaich na dòrainn,

An Diabhol ga mo threòrach'
Gu seòlta air laimh.

Gu mòr a' chreach, 's an diùbhail,
Mo chridhe bhi gun dùrachd,
A ghabhail Dé nan dùl domh,
Mar Ughdar mo shlàint :

'S e tairgseadh dhomh 'na chùmhnant,
A neart a bhi mar chùl ùomh,
'S a ghliocas ard gu m' stiùireadh,
Le cùram, 's le gràdh.

Tha druidheachd air mo shùilibh,
'Se 'n rud a ni mo chiùradh,
D' an ruith mo mhian gu siùbhlach,
'S mi lùbadh 'na dhàil.

Mo shonas air mo chùl'aoibh,
Mar anabas nach fiù leam ;
'Us m' anam an droch rùn da,
'Ga dhiùltadh le tàir.

'S mi 'n duin' as truaigh' san t-saoghal,
Fo chis aig m' eascar daobhaidh,
Làn fuath do 'n bheath' as caoine,
'S an gaol air a' bhàs.

Cò sheallas rium a'm' dhaorsadh ?
Cò thiondas mi o chlaonadh ?
Cha'n-aingil, no clann daoine,
Och ! b'fhaoin iad sa' chàs.

Ach taing do'n Athair naomha,
A dh'ullamhaich an t-saorsadh,

Làn tearnadh o gach baoghal,
Trid aon-ghin a ghràidh.

A Dhe ta iochdmhor, maoineach,
Cia fhad a bbios mi caoineadh !
O greas le d' chabhair chaomha,
Is saor mi gun dàil.

FIREANTACHD CHRISD.

“Gu faighear annsan mi gun m’fhìreantachd
féin agam, a ta o’n lagh, ach an fhìreantachd
sin a ta tre chreidimh Chrìosd, an fhìreantachd
a ta o Dhia tre chreidimh.”

’Si Fìreantachd Iosa Crìosd mo Thighearn,
’An dìon a bhitheas gu feum,
O m’ pheacannaibh, gnìomh ta lionmhor, minie,
’S o’n t-sìol a ghin iad gu léir ;
Bheir sonas ’us sòlas mòr do m’anam
Nach lean an an-shocair chruaidh ;
Sa chumas rium dòchas glòir nam flaitheas,
Ri m’ bheò air talamh mo chuairt.

Bha mise mar chàch a’m’ thràill do’n donas
Gun chàil do chobhair an Triath,
Ag iarraidh mar m’ àilleas sàth na colla,
Gun aird air cogadh ri m’ mhiann :
Ag siubhal mar ghaoithean aotrom, fàlamh,
Co faoin ri faileas na bréig ;
Gun smuaineach air aog, no caochlath aith-
A dh’fhaodadh tachairt domh féin. [ghearr.

Gus an d' thàining an uair san d'fhuair mi
 Bu chruaidh, ro ghuineach o'n reachd, [buille,
 Dh'fhág gaoir ann a'm'chluais nach dual dhomb
 A fuaim chur buileach a' m' bheachd. [tuille
 "Is mallaicht gu bràth gach garlach dona,
 A dh'fhàg neo-choi'liont an lagh;
 Tha 'chridhe 's a làmh gun tàmh dha solar
 Gach cràdh, gach gonadh, 's gach dragh."

'N sin ghabh mi an ruaig le ruathar cabhaig,
 Mo thruaigh! cha d' aithnich mi 'n ceum :
 Le cumhachd is buaidh mo thruaill'eachd gbra-
 Cha d'fhuair mi mach asam féin. [mail
 Bha m' earbsa ri feum o m' dhéircibh falaich;
 Ri éifeachd aithreachais mhairbh;
 Gu'n deanainn gach beud a threigsinn baileach;
 'S n' as déin gu'n leanainn math m' anm'.

Ach b' anmhunn, 's buchli an t-sìth a thog mi,
 Bha dìteadh cogais am chom :
 Bha bagradh na firinn sìor-dhol tromham ;
 Rug sgìes is claoithoadh air m' fhonn.
 Bha m' earbs' is mo chàil sìor fhàs n' as fainne,
 's dh'fhàilneach m' anam gu mòr :
 Bha Crìosd is a ghràdh san tràth as m' aithne,
 Cha b' àill leam teannadh 'na chòir.

Cha chreidinn nach deanainn féin mo chab-
 bum réite chosnadh ri Dia : [hair,
 Cha chreidinn guth Dhé, 'g radh, 'Se do
 an éis gu maitheanas Chrìosd. [bheatha

'Se shaoil mi gu slàn gu'm b'fhearr dhomb
 'Na dhàil le gibhtibh a b'fhiù; [tighinn
 Gu'n cosnainn le àrraicbd fàilt a chridhe,
 'S 'na là'ir gu'm bithinn le cliù.

Cha'n fhac mi cor m' anma marbh fo'n
 No'n fhearg a bh' annam ri Dia. [mhallachd,
 Mi féin a bhi m' chealgair dealbhadh meallaidh
 Do m' carbsa thana nach b'fhiach:
 No m' fhìreantachd féin bhi breun, 's bhi
 'S 'na stéigh mhi-fhallain do m' shìth; [salach
 Mo naomhachd gu léir bhi éitich, greannach,
 Gun fheum a ghlanadh mo chrì.

Ach thug e ri h-ùin domh sùil a dh'fhaicinn.
 Mar dhrùigh am peacadh 'n am ghnè:
 Nach 'eil e 'n am dhùbhlan lùbadh tairis
 Ri rùn ro bheannuichte Dhé:
 Gun chreidimh d'a sgeul, mar bhréig dhombh
 Gun ghéill d'a reachd, no d'a àithn; [fhacal
 Gam ardachadh féin thar Dhé 'nam chleach-
 Gach ceum a' bacadh mo shlàint: [dadh

Mo nàdur bhi aingidh, naimbdeil, fuileach,
 Mi-thaing na dunach bhi m' chrì;
 'Us gnìomhan mo laimh làn aimhleis uile,
 Mo chainnt gu cumant' gun bhri.
 Mo naimhdeas do ghràs bhi àraid domhain,
 O'n ardan doimhe tha m' chliabh;
 'S mo mhì-chreidimh, gràineil, grànda, loitheach
 'G am fhàgail coimheach-ri Dia.

Och ! mhothaich mi fhearg mar gharbh fhras
 No dealgaibh teine 'g am chràdh', [pheileir,
 Chaidh surdalachd m' anm' air falbh le h-eagal,
 Chaidh m' ea. bs a leagail gu làr,
 Ach thionndath e smuainte truagh mo chridhe
 Mun cuairt, ('se sireadh mo ghaoil,)
 "A dh'fhaicinn mo luaidh, 's rud uainn 'nar
 Nach dual da rithisd gu'n sgaoil." [dithis

'N sin thuig mi gu h-aobhach gaol mo charaid,
 Fear saoraidh tairis nan daoi,
 A thàinig do'n t-sao'l o thaobh an Athar
 Chum saorsa cheannach' dhoibh chaoi.
 Bha 'shlubhal tre ghàbhadh, 's bàs' ga chosnadh,
 Ach b' àrd a chomas, 's a threis,
 'Us mhair e ri là gun tàmh ag obair
 An àit a' phobuill bu leis :

Oir thug gu 'cùl an ùmhlachd seachad
 Bha 'n cùmhnant 'g agairt gach ré,
 Gun aineamb, gun lùb, do chum nach tachradh
 Gu'n dùint orr flaitheanas Dé ;
 'Us dh'fhuiling e 'm bàs bu chàr dhoibh fhaigh-
 e 'làn de mhallachdaibh geur; [inn
 Oir sheas e 'nan àit mar *Rathan* daingean,
 Bu làidir dìongalta, treun.

Sud ùmhlachd 'us bàs as àillidh feartan,
 Dh'fhàg slàn an Ceartas 's an Reachd :
 Thuig Athair nan gràs, 's do làmh an taic riu,
 Bidh fhàilt le tlachd ort, 's a dhreach.)

Sud Fireantachd Io a Criosd an Urrais
 Rinn dioladh bunaiteach, treun.
 Tha n Tighearn Dia leath'riaraicht tuille,
 'S cha'n iarr o dhuin' ach i féin.

O'n thug e 'na airgheas gairm dhomh gab-
 Us tairgse a faghail 'san uair, [hàil,
 A dh'fhìreanach'm' anm' gu dearbh, 's gu
 Gun airgead, agus gun luach. [deimhin.
 O! cionnas a dhiultainp lùbadh calamh,
 Le dùrachd ainneamh 'na còir!
 Ceud mhiann mo shùl an dlùs dhomh tarrainn
 Cur ùr-bhith annam le treòir.

'Nuair thàinig i' m' dhàil le gràdh, 's le crei-
 An tàbhachd teagaisg na sìth, [dimh
 Ghrad fhuaradh leam àgh chuir sgàth air
 'Us nàir air teagamh mo chrìdh. [m' eagal
 Nis tha mi air tìr le cìinnt 's le cothrom,
 Ge diblidh dona mi féin;
 Tha m' Urras gun diobradh, chì mi 'chabhair,
 Gun dìth mu choinneamh gach feum.

Cha teirig a ghràs an càs no'n cunnart,
 'Se fàilteach, furanach, caoin :
 Cha'n eagal leam bàs, no cràdh, no fulang,
 No nàmhaid guineach chloinn daoin'.
 O! cionnas a dh'fhaodas gaol co barraicht
 Bhi faoin a'm' bharail gu bràth!
 Gaol cridhe m' fhir-saoraidh daonnan mar-rum
 'N déis taomadh fhala gu làr!

Cia maiseach o féin, mac Dhé an Athar
 Cia ceutach gealladh a ghràidh !
 Cia sgiamhach gu léir a dhreuchda flathail !
 'S caoin-bheuma faillin a laimh !
 'S ann agam tha 'n reuson géill, 'us urram,
 'Us éisdeachd ullamh thoirt da !
 Mo chridhe bhi gleusd, mo cheum bhi siubhal
 D'a réir mar 's urradh mi ghna !

O bitheadh mo cheann gach àm gun obadh
 Ri tionnsgnaibh thogas a ghlòir ;
 Mo chridhe le m' laimh gu teann ri obair
 A ceannsach tograidh na feòl'.
 Dhe, tabhair dhomh còmhnadh, dòigh, 'us
 'S mi' m' dheòr neo-shuidhichte ghnà : [uidheam,
 Gleidh m' anam o ghò, 'so sgleò fad m' uidhe,
 'S cum deò 'n am ghuidhe gu m' bhàs.

OB AIR AN SPIORAID NAOIMH.

“Shaor e sinn tre ionnlad na h-ath-ghin-
 mhinn, agus ath-nuathachadh an Spioraid
 naoimh.” “Bheir bhur n-Athair neamhaidh an
 Spiorad naomh dhoibhsan a dh'iarras air è.”

Dùisg a d' chodal, a thruaghain,
 Tha thu 'n cunnart, 's cha suail e,
 Tha thu ciontach, 'us truailidh,
 Thaobh do ghnè, 'us do ghluasaid ;
 Tha an Ceartas 'gad ruagadh
 Dh' ionnsuidh ifrinn na truaighe

Chum do chlaoidheadh gu buan, 'us gu cràì-
Chum, &c. teach.

Tràill thu buileach do d' mhiannaibh,
'S tha iad doilich a riarach',
Nàmhaid guineach do Dhia thu,
'Ai'ntean uile ro shiar leat,
Nàir gu tur ort a diadhachd,
Dh' fhàg do thuigs' 'us do chiall thu,
Chaill thu mothachadh d'iarguinn, 's b'e 'm
Chaill, &c. [bàs o

Tha thu feumnach air fuasgladh,
Ged nach leur dhuit san uair e :
'S mòr am beud e nach gluaist' thu
Leis na reusonaibh buadhach,
A thug le h-éigin mhìn, uasal
Iomad eucorach duaichnidh
O'n cor breun gu ath-nuadhachd àluirn.
O'n cor, &c.

M' annsachd Spiorad na naomhachd,
A thig o'n Athair, 's o'n Aonghin,
'Se is urrainn 'sa chaochlath,
Spiorad cumhachd 'us gaoil e,
Spiorad barraichte saor e,
Spiorad carthannach, caoin e,
'Spiorad acuinneach, faoladh, gun àilleas.
'Spiorad, &c.

Ruig an t-Athair le h-urnaigh,
'S iarr an Spiorad le dùrachd ;

cràì-
each.

'Se a dh' fhoglas do shùilean,
Chum 's gu'n tuig thu d' eas-ùmhlachd,
Naimhdeas d' anma do 'n chumhnant,
D' oibre marbha gun lù's annt,
A cridhe cealgach nan lùb, 'ùs e gràineil.
A chridhe, &c.

b' e 'm
[bàs e

Bheir an Spicrad duit leурсainn,
Air d' fhèin-fhìreantachd bhréige,
'S air do mhì-chreidimh éitich :
Bheir e mothachadh geur dhuit
Air do choire, 's air d' eucoir,
Chuireas tur thu gu h-éigin ;
Chi thu d'uamhas duit féin, us do chàch thu.
Chi, &c.

Ni an Spiorad do stiùireadh,
(Ge neo-mhothaichte ciùin e,)
'S theid thu rannsach' le dùrachd,
'S le mòr ghràin de d' mhi-chùram,
Dh' fhios am faighear Ceann-iùil duit,
A sheòlas slighe as ùr dhuit,
'Se do mhiann a nis cùl chur ri d' abhaisd.
'Se do, &c.

Gheibh thu sealladh le h-aoibhneas,
Air mòr mhaise na h-oighreachd,
A bheir an Slanuighear caoimhneil
Do na peacaich as oillteil
A ni le creidimh dlu ghreim air,
Ged b'i ifrinn a thoill iad,

as.

'S theia thu, O thoir dhomh roinn ann ad ghràs
'S their, &c. [dith.

Gheibh thu sealladh le h-aiteas,
Ann am firinn an fhacail,
Do Fhear-saoraidh nam peacach,
Le 'chuid oifigibh taitneach,
'S their thu, "M' annsachd, 's mo thlachd ris,
Nam biodh e agam a'm' ghlaicibh,
Bhiodh mo shonas co pailt as a b' àill leam."
Bhiodh, &c.

Theid thu dìreach 'na chòmh'ail.
'S ni thu greim air gun sòradh.
Le fìor chreidimh, 's le dòchas;
Tha thu rag, ach theid deòin leat,
Tha thu lag, ach theid treòir leat,
Oir is neartmhor d'fhear còmhnaidh,
Bidh Crìosd 'us tu pòsd, 's cha sgar bás sibh.
Bidh, &c.

Cuiridh 'n Spiorad ud éifeachd
Ann an orduighean Dé dhuit;
Anns an t-searmoin 'ga h-éisdeachd,
Anns an fhocal 'ga leughadh,
Ni e d'ùrnaigh ro eudmhor,
Ni e'n t-suipeir dhuit ceutach:
Ni e tarbhach gu léir iad ri'n gnàthach.
Ni, &c.

Bheir e leasachadh eòlais,
Creidimh, gaoil, agus bròin duit,

Bheir e neartachadh dóchais,
 Tuille tomhais de shòlas,
 'Us de'n irioslachd bhòidheach :
 Bheir e gràs de gach seòrs duit,
 'Us ri h-ùin bidh iad dòmhail, 'us làidir.
 'Us, &c.

Ni e caochlath air d' inntinn,
 Bheir gu réite, 's gu sìth thu,
 Ris an lagh a thug Criosd duinn :
 Bidh e uile leat prìseil,
 Bidh tu daonnan 'ga sgrìobhadh,
 Air do chridhe gu dileas,
 Chum 's gu'n cleachd thu le dìcheall gach là e.
 Chum, &c.

Bheir an Spiorad gu beachdaidh,
 Air gach maoidheadh 'us bagradh,
 A tha sgrìobht anns an fhacal,
 'Sa thig gu crìch air luchd seachrain
 D' iomain dìreach o'n pheacadh,
 Chum gach innleachd a sheachnadh,
 Chuireadh sìos thu fo smachdachadh Shàtain.
 Chuireadh, &c.

'S lionmhor gealladh ro luachmhor
 Th' aig an Spiorad gu d' fhuasgladh,
 'S gu d' lionadh le luathghair,
 'Nuair bhios d' aghaidh ri cruadal :
 'S thig iad h-ugad air uairibh,
 'S thu air faobhar na bruaiche,

Ged nach deanar leat gluasad 'nan dàilsan.
Ged, &c.

Bi'dh gach cúis anns an fhreasdal,
Air an stiùireadh gu deas leis ;
Ma bhios tu sàraicht, no seasgair,
Ann an àilleas, no'n easbhuidh,
Ann an slàinte, no'n easlaint,
Bheir e ghnà chum do leas iad,
'S bheir e sàbhailte leis aig a' bhàs thu.
'S bheir, &c.

Iarr a chòmhnadh 'sa chaonnaig,
Oir ma ghleachdas thu d'aonar,
Bidh do bhuillean ro aotrom.
Bheir do nàmh thu fo dhaorsa,
'S cuirear glùn ann ad thaobh leis,
Dh'fhàgas brùit thu ri d' shaoghal,
Mur bi'n Spiorad ro naomh ud riut bàigheil.
Mur, &c.

Deanaidh 'n Spiorad duit seula
Dh'fhàgas 'aileadh gu réidh ort,
(Iomhaigh bheannuicht do Dhé e,
Naombachd, soilleir ri leughadh :)
Dearbha glan gur leis féin thu,
'S gu 'm bi 'n oighreachd dhuit glèidhte :
Bidh e dhuit mar an ceudna 'na earlas.
Bidh, &c.

'Se 'm fìor Cho'furtair mòr e ;
Ged a chiosnaicht le bròn thu,

A
'S
T
P
N
B
B

An slochd iochdrach na dòrainn,
 Bheir e nios thu le treòir as,
 Chum do lionadh le sòlas
 Bhios doth-innseadh, làn glòire ;
 Cha'n 'eil, crìoch air a thròcair, no chairdeas.
 Cha'n 'eil, &c.

Fhir tha creidsinn a Bhiobuill,
 On is truaghan gun chli thu,
 Taic ri Spiorad na fìrinn,
 Chaoi na fàg e air dìchuimhn,
 Earb do shlighe, 's do shìth ris,
 Cum do shùil gus a chrìch air,
 Sàr Cheann-iùil e nach dìbir gu bràth thu.
 Sàr, &c.

Bhri gu bheil e ro uasal,
 Bi air d'fhaicill 'nad ghluasad,
 Buin gu fàilteach, 's gu suaire ris
 Gun a chràdhadh, no 'bhuaireadh,
 Oir is gràin leis ni truaillidh :
 'S ged nach fàg e car uair thu,
 'S mor do chall ma bhios gruaim air car trà
 'S mor, &c. [riut.

Amhlair ghràind tha 'gad iomairt
 Anns a chlàbar 'gad mhilleadh,
 'S tigh do Shàtan do chridhe,
 Tha thu 'd' nàmhaid do'n Spiorad ;
 Pill gun dàl, 's rach g'a shireadh,
 Na gabh àicheath, no pilleadh,
 B'e do shlàint' e ged bhioradh e d'airnean.
 B'e do, &c.

Cha n'eil athair 'san t-saoghal
 A bheir tiolac d'a aon mhac,
 Leth co eusgaidh, 's co faoilidh,
 'S a bheir Athair nan saor ghibht
 Spiorad beannaicht na naomhachd
 Do'n ti dh'iarras gu caoin e,
 Chum 'athnuadhachadh daonnan le 'ghràsaibh
 Chum, &c.

A thi beannaichte, ghlòir-mhoir,
 A th'air caithir na mòrachd,
 Tha siol Adhaimhco gòrach
 'S nach 'eil miann ac' air d' còlas :
 Cuir do Spiorad gu'n seòladh,
 Chum 's gu 'm pill iad gu deònach,
 Dh' ionnsuidh slighe na còrach, 's na slàinte.
 Dh' ionnsuidh, &c.

MOLADH GRAIS.

“Is leoir mo ghràs-sa dhuit.”

As do mhoineis, o m'anan, grad dhùisg,
 'Us le dùrachd bi guidheadh gach trá,
 Gu'm fosgail an t-Ard rìgh de shùil,
 Gu bhi faicinn cia dlù dhuit a ghràs.
 On tha thu ad pheacach ro thruagh
 Air do thruailleadh o d'mhullach gu d' shàil,
 On a thàin' ort am mallachd le buaidh.
 Ga do bhualadh gun iochd leis a' bhàs.

'S b'e sud am bàs uamhasach, searbh,
 Naimhdeas garg anns an inntinn ri Dia :
 Seachran aigne, 'us coimheachas an'm,
 Ardan cridhe ro anbarrach dhian,
 Fuath roshònruicht do'n t-Slànuighear chaomh,
 Bhios ag aontachadh 'cheusadh gun daimh ;
 Agus tàir air an Spiorad neo-bhaoth ;
 'S air an obair ro chaoin tha 'na laimh.

Tha an t-as-creidimh fuaight' ruit a ghnà,
 'Stric a bhrìst thu na h-áintean gu léir ;
 'Thaobh na thug thu do'n pheacaìn do ghràdh,
 'Us do Shàtan, ge dian e a'd' dhéigh :
 Do mhì-chùram 'us d' aineolas dall.
 Do thuigse ro mhall, ach san ole ;
 Do smuaintean tric null 'us a nall,
 Gun dad buannachd, ach call a thoirt ort.

Ach o ! 'se mo chreach thair gach cùis,
 Thu bhì dùr ann ad naimhdeas da ghràs ;
 Ged 'se gràs tha 'gad leigheas gu dlù,
 'S a gheibh 'l. cliù uait am flaitheas gu bràth ;
 B'e sud an gràs iongantach, suairc,
 Gràs as cumhachdaich buaidh agus feart,
 Gràs ro shaor, 'us ro phailt, 'us ro bhuan,
 Gràs ro uasal d' an dual a bhì ceart.

Cìod ach gràs rinn do thaghadh o thùs ?
 (O m'anam, grad ùmhlaich thu féin !)
 'S a ghabh ortsa sàrbheachd le deadh rùn,
 'Nuair bu tusa an diù ameasg cheud ?

Ciod ach gràs thug an Slànuighear nuas,
Greis air chuairt measg nan truaghan a bhos ;
A thoirt ùmlachd 's a dh'fhulang gu cruaidh,
Chum gu'm faigheadh tu suaimhneas, 'us fois ?

Nach e gràs thug an soisgeul do'n tìr,
'Us a mhìn-ghuth gu d' chridhe a steach ;
'Nuair bha iomadaich fìne d' a dhith,
'Us na mìltean 'ga cluinntin gun bheachd ?
'Nuair bha thus aig an leomhann fo 'mhàig
'S gun a h-aon teachd le cabhair 'n ad dhàil,
'S e gun dàil dol gu d' reubadh gun truas ;
Nach e gràs rinn do thiorcadh 'san uair ?

Bha do pheacanna 'g éiridh 'nan càrn,
Mar na beanntaichibh ard os do cheann ;
Iad co lionmhor ri gaineamh na tràigh,
Ri feur fàsaich, no duilleach nan crann.
Bha iad sud mar na neulaibh dubh, dorch,
Bagraidh doinn bhiodh borb ort o'n speur :
Thainig gràs, thainig ciùineas 'na lorg,
Dh'fhalbh an stoirm, 's tha fiamh ghàir air a
ghréin.

'Se a dh' fhìreanaich thu o gach lochd,
Bha thu bochd, 's rinn e oighr' dhiot air Dia :
Tog do chridhe, an siubhail fo sprochd,
Oir cha nochdar e chaoi dhuit ach fial.
On a thug e air flaitheas duit còir,
Cha diult e dhuit sòlas do d' chri,
'Us am feadh bhios tu gabhail an ròid,
Ni a spiorad do sheoladh gu mìn.

Cha sor e da naimhdean a chlaoidh',
 'Us cha mhaoidh e ort costus gu d' riar ;
 Cha bhi sgios air 'gad bheannachadh chaoi,
 'Us cha chuimhnich e lochd rinn thu riamh.
 Le bhi creidsinn, 's a cogadh gu dlù
 Le bhi 'g obair, 'us ag urnaigh gun sgur,
 Le bhi fulang gu foighidneach, ciùin,
 Bheir gràs chum do rùin tha gu tur.

Oir tha acuinn 'san fhacal gu leoir,
 Thoirt do laigse gu treoir, us gu neart ;
 Iomadh gealladh ro phrìseil 'us mhor,
 Iomad àithne ro choir, 'us ro cheart,
 Iomadh cuireadh ro thaitneach 'us gairm,
 Iomadh tairgseadh an nasgaidh de'n t-slàint ;
 Iomadh bagradh, 's ged tha iad ro shearbh,
 Tha feumail gu d' thearbath o d' nàmh.

Gad tha 'n seann duine fathasd 'n ad fheoil,
 'Us e 'n combnuidh a tionnsgnadh do thruaigh :
 Ged chum e riut cogadh ri d'bheo,
 'Se their gràs riut, Is leoir mi gu buaidh.
 Ged tha thusa gun spionnadh, gun treoir,
 Agus deuchainnean mor ort mun cuairt,
 Agus d' eagal 'g ràdh, Caillidh tu'n deo ;
 'Se their gràs riut, Is leoir mi gu buaidh,

Ged tha romhad trom obair, 's cruaidh spàirn,
 'Us do chomas neo bhràideach 'san uair ;
 'Na h-ob dol 'nan coinnimb gun sgà,
 Oir their gràs riut, Is leoir mi gu buaidh,

'S ged nach feudar leat toicheadh o 'n bhàs,
 Ach gu'n càirear do chorp anns an uaigh,
 Na gabh fiamh, creid an gealladh gu slàn
 A thug gràs duit, Is leoir mi gu buaidh.

'Nuair a thig la a bhreitheanais mhoir,
 'S a theid ordugh a' bhreitheimh am fad,
 A dhùsgadh 's a thional nan slogh
 Chum 's gu 'n seas iad am mod ud gu grad :
 Theid na h-aingidh a dhìteadh chum bàis
 Bidh an siorruidheachd cràiteach gu leoir ;
 Theid na h-ionracain dachaidh gu bràth,
 'S cuiridh gràs thu 'nan cuideachd chum gloir.

Cha bhi duine 'sa chuideachd gu léir,
 Nach bi gleus air ag moladh a ghràis :
 Bidh Abraham 's Maois ann le chéil',
 Agus Daniel, 's Ioseph an àigh,
 Bidh seann Simeon, Peadar 'us Pol,
 Muire Magdalen, 's Eoin fear mo ghràidh.

Bidh am meairleach fhuaire gràs air a' chrann
 'Na ghaisgeach nach fann a measg chàich ;
 Bithidh milteann gun àireamh dhiubh ann,
 Agus moladh nach gann ac' air gràs :
 Gràs an Athar a shonruich dhoibh buaidh,
 Gràs a' Mhic chaidh 's a chruadal gu séamh ;
 Gràs an Spioraid a threoraich iad suas,
 Dh'ionnsuidh comuinn nan uaislean air néamh.

*Is e toradh an Spioraid gradh, aoibhneas, sith,
fad fhulangas, caomhalachd, maithneas,
creidimh, macantas stuaim.*

Thoir an aire' O m' anam, gu geur,
Ciod am fèum a tha 'n cleachdadh nan gràs;
'Us nach ruig thu air uaisle fo 'n ghréin,
Mar do ghluasad bhi réidh ris an àithn.
Tha do nàdur gun riaghailt, gun chonn,
Chaill e'm fonn a chuir Dia air o thùs:
Trie air uideal mar ghluasad nan tonn,
Glacadh sonais gun bhonn, 'us gun shùgh.

Tha e 'n còmhnuidh ag iarraidh do sgrios.
Tuig an fhìrinn so nise 'na thrà,
'Us bi 'g iarraidh an Spioraid gu liosd,
Chum sgu'm fiosraich thu sonas nan gràs.
Gabh sàr Eolas air briathraibh a bheil,
Gabh r'a sgeula le Creidimh glan, ùr,
'Ni an t-eòlas duit solus do d' cheum,
Bithidh 'n creidimh dhuit feumail mar shùil.

Bithidh 'm fradharc ud sìr dhol n' as fearr,
Gus an ruigear leis àirde an lò;
Bithidh 'm fradharc ud leasachadh ghnà,
Gus an dealraich thu shuas ann an glòir
Ni an creidimh dhuit casan chum triall,
Agus sgiathan chum itealaich ard.
'Se an làmh ghabhas tairgseadh de Chrìosd,
'Us an sgiath ni do dhìon o do nàmh.

Bheir an creidimh dhuit buaidh air an t-sao'l.
 'S air na h-uile ni faoin tha 'na ghlaic ;
 Oir tha neart aig nach leir do chloinn daoin,
 'Se an Trianaid ro naomh a chul-taic.
 Bithidh ghnàth aig a' chreidimh 'na chòir
 Deadh chòisridh do ghràsaibh nach crìon ;
 Us o féin ac' 'na oide ro chòrr,
 Chum an seòladh, 's an greasad gu gnìomh.

Bithidh 'n còmhnuidh ag siubhal 'na chois
 An t-Aithreachas soisgeantach, tlà,
 Nach gabh suaimhneas am peacadh, no fois,
 Ach ag osnaich le bròn, 'us le gràdh.
 Bròn mu d'chionta, 's mu d' thruaighe mun
 seach,
 Bròn mu d' pheacannaibh gin agus gnìomh ;
 Bròn mu d' dhìobradh air fìrinn an reachd,
 'Us mu d' sheachran cian fada o Chrìosd.

Gràdh do'n Athair thug gràdh dhuit o chian,
 Gràdh d'on Mhac thug gràdh dhuit chum bàis,
 Gràdh do'n Spiorad chuir gràdh ann ad chliabh.
 'Sa ni còmhnaidh gach ial ris chum fàis.
 Gràdh le d' anam, 's le d' chridhe gu léir,
 Le d' inntinn, g' a réir sud, 's le d' neart ;
 Gràdh do fhìrinn, 's do fhocal a bhéil,
 Gràdh d'a shluagh, 'us d'am beusaidh ro cheart.

Gràdh bhios seamh ris gach duine mun cuairt,
 Ach gu sonruicht ri truaghan air for :
 Gràdh bhios tréibhireach, bàigheil làn truais,
 'Us d' an dual a bhi caomh ris gach cor.

Leis a' ghràdh thig an t-Aoibhneas nach faoin,
 Cha 'n e aoibhneas an daoinibh, no nì;
 Cha 'n e aoibhneas 'nad fhìreantachd bhaoth,
 Tha mar ghaoith, no mar chobhar gun bhri.

Ach sàr aoibhneas 'san Dia is leat féin,
 Nach dibir, 's nach tréig thu ri d' bheò;
 Rèir a' chùmhaint a rinn e o chéin,
 'Us a mhaireas gun bhréig, 'us gun sgleò.
 Sud an t-aoibhneas ni thusa ro ait,
 'Nuair bhios d' àire, 's do gheur leanmhuinn ro
 mhòr,
 'Nuair bhios d' amhghar 's do thrioblaidean
 pailt,
 Bheir an t-aoibhneas an sgait asda corr.

Nuair a sheallas tu null thair na h-uagh,
 Air gach àgh air an d'fhuaradh dhuit còir,
 Togaidh n' Dochas an t-aoibhneas gu h-Uaill,
 A bhios buileach do-luaidh, 'us làn glòir.
 Thig 'nan cuideachd sud, samhchair, 'us Sìth,
 O nach dibir an réite gu bràth;
 'S o 'n tha 'm fìreanach' dìongalt gun dìth,
 Bidh do naimhdeas fo chis aig a' ghràs.

Mar a' chreag ann am meadhon a chuain,
 Us na tonna ga bualadh gun tàmh;
 Ged bhiodh buaireas gach taobh dhuit mun
 cuairt,
 Ni an t-sìth so do-ghluasad thu ghnà.
 Ni an Spiorad thu Macanta, mìn,
 Ni e d' isleachadh sìos gus an làr;

Chi thu aobhar air Irioslachd erì,
Oir bu dìblidh do chor, mur bhiodh gràs.

Chi thu aobhar air Taingealachd mhòr,
Nach 'eil thu fo dhòrainn 'san t-slochd ;
'S on a fhuair thu an gealladh 'na dhorn,
Ged bhiodh bròn ort car tamuil fo sprochd.
'S feaird thu Faighidinn mhaireannach, bhuan ;
Oir cha dual duit o thrioblaid bhì saor
Agus theagamh gu'n ceanglar a' chual
Air do ghualnibh gach latha ri d' shao'l.

'Us cha mhisd thu bhì Caithris* gach uair,
(Gun dichuimh air Stuaim, no air Eud,)
Gabhail beachd air gach bealach mu'n cuairt,
Gu do ghleidheadh o bhuaireadh, 's o bheud.
Gheibh thu spionnadh ; 'us Misneach o'n Uan,
'S bidh do Chruadal neo-mheat anns an strì :
'Na gabh aomadh le gealtachd car uair,
Oir thig buaidh leat tre'n Cheannard nach cli.

'Tha do naimhdean ro lionmhor, 's ro dhoirbh,
Mìle diabhol gle choirbt', 'us gle dhàn,
D'fheòil, 's do mhiannan ro dhian, 'us ro bhorb,
'Us an saoghal le colg, no le gàir ;
A' toirt ionnsuidh, gach latha gun sgios,
Air do tharruinn a dhiobraidh do shlàint'
Le bhì dearmad a' chreidimh 'm bheil cli,
'Us a bhri tha 'na ùmlachd do'n àithn :

* Fairo.

Gus an lean thu an cleachdadh th' aig càch,
 Bhi 'g ad ùnairt 'sa chlàbar mar mhuic;
 Chor 's gu'm bi thu 'nan cuideachd gu bràth,
 Air do chràdhadh am meadhon an t-sluichd.
 Ach gabh h-ugad uil' armachd an Triath,
 Cleachd na gràsan ro bhriagh ud gu treun;
 Cha tig buaidh dhuit a taise no fiamh,
 Ann an cogadh ro dhian nan cruaidh-bheum.

Lean gu dùrachdach, daingean an spàirn,
 Cha'n'eil lasachadh 'n dàn duit san fheadil;
 Ach gidheadh bidh do spionnadh sìr-fhàs,
 'S caithear càileachd do naimhdean mar cheò.
 Ni na gràsan ud snasmhor do bheus,
 'S iad a ghleusas do chridhe air chòir:
 Bheir iad flaitheanas nuas duit fo'n ghréin,
 Gus an téid thu gu sìorruidh eum glòir.

CEISDEAN SOISGEULACH, NO

Criosd na h-uile anns na h-uile.

o BHEURLA RALPH ERSCINN,

- C. Ciod an t-eòlas, fhir-beathachaidh 'n treud,
 Bheir dhomh sonas nach tréig mi gu bràth?
 F. Eòlas creidimh air Iosa mac Dhé,
 'S e a fhreagras do d' fheum anns gach càs.
 C. Chaill am peacadh dhomh Dia, 's gach ni
 maith,
 C'àit am faigh mi dhomh féin iad a ris?

F. Ann an Criosd, on tha 'n Spiorad toirt brth,
'S an sgeul àit a tha 'n soisgeul na sìth.

C. Cionnas idir bhios Dia 'us mi réidh,
Oir is éitich mo pheacadh 'na là'ir ?

F. Ann an Criosd, far an taisbean o féin
A dheadh-ghean gu léir dhuit, 's a ghràs.

C. C' àit am faigh mi deagh shealladh 'us roinn
D'a chuid gràsan, 's d' an aoibhneas ro mhòr ?

F. Ann an Iosa a riochd, agus 'oigbr*,
Anns an soillsich gu dealrach a ghlòir.

C. C' àit an iarr, 'us am faigh mi na leòir
De gach ionmhas a chòmhnas ri m' shlàinte ?

F. Ann an Criosd gheibh thu pailteas ro mhòr,
Oir tha esan an còmhnuidh gle làn †

C. C' àit an teich mi o'n chorruih ro gheur
A tha tuiteam gu léir air mo cheann ?

F. Dh'ionnsuidh Chrìosd neach a ghiùlain leis
féin
Corruich uamhasach Dhé air a chrann.

C. Cia mar stiùrear mo cheumanna suas
'Us mi buailteach do sheachraa a ghnà ?

F. Is e Criosd an t-sligh' chòisrigte nuadh
Anns an gluais thu gu dìreach an aird.

C. C' àit am faigh mi air flaitheanas còir,
'S air an t-sòlas gun chrìch a th' air neamh ?

F. Ann an Iosa an Slànuighear mòr,
'Se Iehobha ar fireantachd e. ‡

*Eabb, i. 3. † Eoin, i. 14, 16. ‡ Eabb x. 20.

C. Cia mar nithear mis' iomchuidh air glòir,
'S mi co neò-glan am shiubhal, 's am
ghnìomh?

F. Ni luil Iosa thu cionalt gu leòir,
Ni a Spiorad thu bòidheach gun ghiomh..

C. Cia mar leanas mi 'n t-slighe gu ceann,
'S mi co fann, 'us co anmhunn diom féin?

F. Bithidh Iosa na *neart* duit gach àm,*
'S cha bhi 'chobhair dhuit fann ann ad
fheum.

C. Cia mar chlaoidhear mo naimhde mun cuairt,
Daoin' 'us deamhain 'gam bhuaireadh gun
sgur?

F. Tro Chrìosd bheir thu *tuilleadh 'us buaidh* †
Chuire 'n ruaig air na naimhdibh gu tur.

C. Bidh mo chogais 'gam dhìteadh, 's gam
chràdh;

Cia mar chuirear a cnàmhadh air chùl?

F. Nochdaidh Crìosd duit a mhaitheanas slàn,
Chi thu fàilt, agus gean air a ghnùis.

C. Cia mar ruigeas orm tròcair gu bràth,
'S lion-mhor, gràineil mo pheacanna féin?

F. Sruthaidh tròcair troimh Chrìosd ort a mhà'n
'S pailte gràs na do lochdan gu léir.

C. Ach nach éirich an Ceartas le còir
Eadar tròcair 'us mise am feasd?

F. Fhuair an Ceartas o Iosa na leòir,
Arson d'fhiachan, 's bu mhòr iad gun cheisd.

* Jer. xxiii. 6.

† Isa. xlv. 24.

‡ Rom. viii, 37.

- C. C'àit am faicear leam maitheanas fial
Teachd o Dhia dh'ionnsuidh m'anma gun
dàil?
- F. Chi thu sud ann an geallannaibh Chrìosd,
Am fuil Ios' a rinn réite le bhàs.
- C. C'àit faigh mi na geallanna féin,
'Nan cultaie ann am fheum, 's nan cùis earbs?
- F. Ann an Crìosd tha iad uile gu léir.
'Nan *Seadh* 's 'nan *Amen*; daingean, dearbht.*
- C. Agus c'àit am bheil Crìosd: Ochon! C'àit,
Le chuid geallannaibh gràsmhor gu léir!
- F. Gheibhar Crìosd anns na geallannaibh ghnà,
Chi do chreidimh e là'ir ann' gun bhréig.
- C. Crìosd sa' ghealladh! 's an gealladh an
Crìosd!
- Cia mar chi mi gur fìor sud le chéil?
- F. Leis an Spiorad bhi càramh fuil Ios',
'Us a gheallanna lion-mhor riut féin.
- C. Cìod an dìon, 'us an tioredh † as fearr?
Dhomh o bhagraidh neo-bhaigheil an reachd?
- F. Sealladh creidimh de'n ùmhlachd chum bàis,
A thug Iosa an Slànuighear seach
- C. Innis co bheir an creidimh sin dòmh,
'S mi gun treòir leis an cuir mi e 'n gnìomh?
- F. Cumaidh Iosa riut creidimh ri d' bhed,
'Se a *Cheannard* o thùs gus a' chrìoch. ‡

* 2 Cor. i. 20.

† tioncadh.

‡ Eabb xii. 2.

- C. Cchon! e' uin a gheibh 'n t-ascraidmheach
Tiolac measail a' chreidimh o Chrìosd? [mis'.
F. 'Nuair a leigcas e d' ascraidimh ris,
'Us tu fiosrachadh fhocail 'n ad sgios.
- C. Bithidh 'n t-'aithreachas feumail gach là,
Cia mar gheibh mise càil da co buan?
F. Gheibh o Chrìosd, chaidh mar cheannard an
aird
Gus an gràs sin thoirt seachad do'n t-sluagh.*
- C. Am faigh àmhlair, co truailidh, 's co baoth,
Glanadh cridhe, 'us naomhachd gun sgleò.
F. Gheibh; ni Chrìosd, quit 'na Lighich 'bheir
bàrr,
Chuid a chuid ort an cacchlath sin fòs.
- C. Cia mar ni mi na b-oibre gu deas
Tha mar dhleasdanas orm leis an reachd?
F. Bithidh Chrìosd annad 'g oibreach le treis
Toil 'us gnìomh gu do leas chur an cleachd.†
- C. Cia mar dh'fheudar mo leigheas gu bràth.
'Us mi galarach, gràineil, ro bhrùit?
F. Bithidh Chrìosd duit na Lighich 'bheir bàrr,
'Se an Tighearn a' shlanuicheas thu.‡
- C. Seòl mi cionnas a dh'iarras mi'ghnùis,
'Us mo chridhe 's mo dhùrachd co marbh:
F. Dòirtidh Chrìosd ort an Spiorad gu dlù,
Gu do sheòladh chum ùrnaigh gun chealg.§

* Gnìom. v. 31.

† Phil. ii. 13.

‡ Ecsod. xv. 26

§ Sech. xii. 10.

- C. 'S an-mhor àrd m' obair slàint' tharum féin,
Ciod ni mis 's mi gun fheum 'us gun sta ?
- F. Sabhaidh Crìosd diot gach eallach gu léir ;
'S esan *Alpha 's Oméga* na slaint'.*
- C. C'àit am faigh mi deadh bhunchar do m'
caras',
Chum nach éirich i calm agus meallt ?
- F. Ann an Crìosd a' clach bhuinn a tha dearbht',
Ris an còir dhuit bhi leanmhuinn gu teann.†
- C. Cia mar gheibh mi an sal chuir air falbh,
'Nuair a thuiteas mi 'n salchar ro ghrand ?
- F. 'S tobar glanaidh fuil Chrìosd le mòr
thairbh,
Pailte, réidh dhuit gach aimsir, 's gach trà.
- C. Creachan ! ciod ma thig plàighean ro mhòr,
Ma thig bròn, agus eagal 'us airc ?
- F. Tha sàr iocshlaint aig Crìosd do gach leòn,
Agus buideal gu d' dheoir chur an taisg.
- C. 'S mis am peacach a's cailte 'san t-sao'l,
Cia mar dh'fhaodar mo thiorcadh o thruaigh ?
- F. On is Slànuighear Crìosd nach 'eil baoth,
Bheir e saorsa gu *h-ìomlanachd* uaith.‡
- C. Tha mo gheilt roimh thein' ifrinn ro mhor,
Am bheil dochas gu-saorar mi uaith ? †

* Taisb. i. 8. 'Siad Alpha agus Oméga ceud litir agus litir dheirionnach aibdeal na Gréigis, agus an uair a bheirear iad mar ainm do Chrìosd, tha iad ag ciallachadh, ni h-è ambhàin gur e an ceud neach agus an neach deirionnach, ach mar an ceudna gur e Tùs agus Crìoch na slàinte.

† *Isa.* xxviii. 19.

‡ *Eabb.* vii. 25.

F. Bithidh Criosd duit 'na fhasgath fadheoidh,
O gach dorainn, 's o'n chorruich tha buan.

C. Cha bheag m' eagal, as m' uamhunn roimh 'n
bhàs,

Cia mar theid mi le dònachd 'na chòir :

F. Thugadh 'n gath as le Iosa 'na ghràdh,
'Nuair a dh'eug e 'nad àite le deoir.

C. Cia mar fhreagaireas Criosd anns gach càs,
Gach cor, 'us gach sàs a thig oirn ?

F. 'Se is *Uil'* anns na h-uile de'n t-slàint,
'Se Iehobha làn gràis agus gloir.*

C. Cia mar dh'fheudas e'n comhnuidh bhi là'ir,
A thoirt slàint' agus teasainginn duinn ?

F. On is fagus ainm gloirmhor a ghnà,
Immanuel, Dia maille ruinn.†

C. 'Us an co'lion e dhomhsa an t-slaint'
Gun dad fhàgail an taice rium féin ?

F. Cha dean thusa as 'eugmhais-san stà,
Tha do chàil, 'us do chomas mì-ghleusd.

C. Ach nach feud mi bhi riarach' mo mhiann,
Ma ni Criosd domh an obair gu slàn ?

F. Sgrìosaidh Criosd iad an ifrinn gu cian'
Bhios ag iarraidh mì-bhuil thoirt a 'ghràs.

C. Cia mar mbeudaicheas m'eolas le gaol
Air an t-Slànuighear chaoin fad mo ré ?

F. Meas an coimeas ris saibhreas an t-sao'il,
Bhi mar challdach, no aolach gun theum.†

* Col. iii. 14.

* Matt. i. 23.

† Phil. iii. 8.

GRAHDH DHE.

I. CHUID.

“ Is gràdh Dia.”

Saor ghràdh an 'Triath do na peacaich iargult,
 Air seachran cian 'se mo mhiann a sheinn ;
 Is mo na mìorbhuil gu'n cluinnte riamh dad'
 Ach bagradh fiadhaich 'na bhriathar leinn.
 Rì sgeul air gaol leis an Athair naomha,
 Do'n chinneadh dhaonna gu caomhail, dlù,
 Do chum an saoradh, le maise naomhachd,
 Cia 'm fear nach saoiladh gu 'm b'fhaoin bhì
 'n dùil.

On tha iomhaigh Shàtain, gu soilleir, gràineil
 Air iarmad Adhainn, 'nan gnàth gu léir ;
 Tha teist gach là orr', nach feudar àicheath,
 Gu bhéil an nàdur, 's an nàmhaid réidh.
 Gidheadh tha'n fhìrinn toirt fianais chinnteach
 Air gràdh ro dhìleas an 'Tì as aird,
 Do pheacaich bhaatha a' chinneadh dhaonna,
 Tha duaichnidh, daobhaidh, 's nan aobhar
 ghràin

Is gràdh neo-chrìochnach, is gràdh nach crìon e,
 Ach mar an t-siorruidheachd dhiomhair, ard.
 Gràdh ard mar neamh e, gràdh's doimhne
 freumh e,
 Gràdh fada réidh e, 'sa leud toirt barr.

Ceud mheas a' ghràidh ud ann innleachd
àluinn

Gu daoine a shlànuich' le bàs mhic Dhe.
Sud innleachd uasal chum gloir a bhuidhean
A thogail suas thair air smtain gu léir,

Chaidh gloir a cheartais a dheanamh beartach,
Le iobairt ghasda nam feartan fìor:
Chaidh gloir an fhìrinn a dheanamh cinnteach,
Toirt bagr' an dithidh gu crìoch air Crìosd:
Chaidh gloir a ghràidh a dheanamh soilleir,
dealrach

Cur a Mhic gu bàs ann an àit nan daoine:
'S bha gloir gun traoghadh d'a throcair
chaomha,
Toirt thruaghan saor o bhi caoincadh chaoi.

Chaidh gloir a naomhadh a dheanamh maoin-
each,

A glanadh dhaoine'le fuil chaoine an Uain:
A' toirt air falbh uath gach uile shalchar,
A chuir mì-dhealbh air an anmaibh truagh.
Chaidh gloir a ghràsan a nochdadh àluinn,
'Toirt seach a shlàint', 'us a ghràidh gu saor:
'S b'e gloir a ghliocais, gu dòigheil, riochdail
Gach buaidh 'nam measg bhi gun bhristeadh
claon.

'Si sud an innleachd mu'm bheil e 'g innseadh
'Na leabhar prìseil a sgrìobh e dhuinn:
Ge h-ìomadh fìrinn a tha sa' Bhiobull,
S e 'n gràdh ud cinnteach am brì 's an suim.

'S b'e'n gràdh do rìreadh thug dhuinne
sgriobhadh

'S am bheil gach firinn a binn ri luadh,
B' e'n gràdh a' dh'orduich gach ceum, 'us dòigh,
gus,

Na peacaich mhòr thoirt gu glòir an Uain.

Tha comhar fìor air, gu'n chuir e Iosa
An staid ro iosal 'gur dìon o bheud ;
'S a nochdadh saimpleir ro mhaiseach, dhaim-
heil.

Do ghraisg mhì-thaingeil, 'nan cainnt 's 'nam
beus ;

Gu 'n stiùireadh dìreach air ceum na firinn,

Gu sonas cinnteach an tìr na glòir ;

Ged 's e a thoill iad, a la 's a dh' oidheche,

Mil'ifrionn oillteil, 's an-aoibhinn mhòr.

II. CUID.

An t-aon Mhac gràidh ud, 's an robh a nàdur,

A bha co àrd ris, 's co àillidh, naomh ;

Bha 'uile mhiann leis, 'na rùn ro fhialaidh

Mu pheacaich iarguinneach, chianail, bhaoth.

Mun d'rinn e'n saoghal bu phailt a smaointean

Mu chlann nan daoin' a thoirt saor am feasd.

Ge b'ard an glòir e bha miann ro mhòr aig'

Air teachd a chòmhnuidh 'san fheoil 'nam
measg.

'S ged bha e faicinn na leòir gu 'bhacadh

Gach aobhar acain a thachradh ris,

Cha d' rinn e caochlath, cha d' mhuth e 'ghaol,
doibh

Ach sheas e daonnan, gun aomadh leis.
'S 'nuair thàin' an ùine, a rèir an rùin ud,
Thug e le dùrachd an ùmhlachd uaith,
A choisinn fàilte an Ti as àird' doibh,
'S a bheir gu àit iad 'na àros shuas.

Bha peacadh chàich air, 'us rug am bàs air,
Le mallachd àraidh gu cràiteach, geur ;
Oir dh'agair Dia e, arson nam fiachan,
On gheall e'n dioladh gun ghiomh o chéin.
Be'n sealladh àluinn, bhi faicinn Ràthain
Teirt gèill chum bàis, ann an àit an t-sluaigh,
B' e'n comhar gràidh e nach cualas àicheath,
'S cha téid a shamhuil gu bràth a luadh.

Bha cleachdadh Iosa gu h-uasal, iosal,
Bha bhearta miorbhuileach lionmhor, tric ;
Cha robh e diomhanach, 's tric bha sgios air,
Gu h-ocrach, iotmhor, ri gnìomhuibh seire.
Bu lionmhor euslaint, galar éitich
Da'n robh mar léigh e, gun éis, gun chosd :
Thug guth a bhéil-sa do'n dall a leirsainn,
'S do'n bhodhar éisdeachad r'a sgeul le tosd.

Thug eumbachd 'thacail a lùs do'n bhacach,
'S do mhiltibh acrach lan phailteas bidh ;
Ghrad chuir e seachas an teanga bhalbhain,
'Us chual na mairbh e 'gan gairm a nios.
Bha 'cheum an còmhuidh a dheanamh trocair
Air muinntir leointe, 's air deoraibh bochd :

S' cha d'fhuair a nàmhaid ach gean 'us gràdh
naith,

Am fad 's a bha e 's an fhàsach bhos.

'S a nis ge h-àrd e, cha dean e tàir orr',

Tha chri co gràdhach 's a bha e riamh :

Tha chuireadh fhaoidh, 's an t-soisgeul cha-
omhail,

Aig cloinn nan daoine, gu saor, gach ial :

Chum teachd 'na dhàil-san, gu ciontach,
gràineil,

On gheibh iad fàilt air, le càirdeas dlù ;

'S on bheir e fuasgladh, a mhaireas buan doibh,

O na h-uile bruidleir chuir gruaim 'nan gnùis.

III. CHUID.

Cha lugha 'n gaol thug an Spiorad Naomh
dhoibh,

No'n t-Athair caomh, agus Aon-mhac gràidh :

Tha 'earrann féin aig' de'n obair cheutaich,

'Se corr air gleùsdachd's air tréine làimh.

Bheir e gu crìch i a dh' aindeoin innleachd

An nàmhad inich, 's a dìchill thréin ;

'S a dh' aindeoin mìruin an nàduir mhiltich,

A chogas dìreach ri fìrinn Dé.

Bidh 'shaighhead sàite, le focal àraidh,

'S an crì bha slàn bithidh cràiteach, brùit ;

Ach 's ann gu ruagadh a, dh'fhaighinn fuas-
glaidh,

O'n Cheannard bhuidhach, a's uaisle cliù.

'N sin thig e chomhnuidh 'sa chridhe bhronach.

'Us bheir e comhlath ris solas buan.

'Se 'n chridhe mealltach os ceann gach samh-
ladh,

'Se 'n cridhe teann, mar an geamhradh fuar :

'Se 'n cridhe gruamach, 's e'n cridhe uaibhreach,

'Se 'n cridhe truailidh, ta uamhurr, breun :

'Se 'n cridhe fiar, anns a bheil an diabhol,

'Se 'n cridhe fiata, gun rian, gun ghleus :

'Se 'n cridhe 'n seomar, 's am bi a chomhnuidh,
Aig Spiorad oirdheire an eolais aird ;

Air teachd dha nuas leis an t-soisgeul uasal,

Gu duine truagh dheanamh nuadh le gràs.

B'i'n obair àluinn an cridhe grànd ud

A dheanamh àillidh, le gràdh do Dhia ;

An cridhe suarach a dheanamh uasal,

An cridhe cruaidh' dheanamh truacant, fial :

An cridhe diabhlaidh a dheanamh diadhaidh,

'S an cridhe fiat' dheanamh tiorail, blà ;

'S gach gràs o neamh chur a ghabhail frèimh
ann

'S a dh'fhàs gu seamh ann, 's gu gnèthail, tlà.

Nì fàs nan gràs ud an gluasad àluinn,

Gun uaill thar chàch, ach 'gan àicheath féin :

Gun bhreug, gun chùlchaint, air neach 'san
dùthaich,

Ach pailt an ùrnaigh, 's an sùil 'na déigh.

Bithidh 'n gaol, 's an gràdh do gach uile nàbuidh,

'S iad beusach, nàrach, gun ardan cruaidh :

Gun fhoill, gun fhoirneart air duine beo ac',
Ach smior na corach, gun sgleo, gun chluain.

O's dream gun tùr iad, ni'n Spiorad iùl doibh,
Bidh 'chobhair dlù, 's iad gun lùs, gun taic :
An aimsir dùldaich, 's am freasdal dùdhorch
Ni e an stiùireadh le cùram ceart.

'Us ni e'n altrum, a réir an laigse
Tha gliocas pailt aig' 'us faicill chaomh :
'S 'nuair thig am bàs orr', cha dean e'm fàgail,
Ach bheir e'n àird iad gu' àros naomh.

O m' anam beachdaich air meud do pheacaidh,
An aghaidh 'n reachd ud tha dreachmhor,
grinn :

'S air meud a chaoimhneis bha Dia ag roinn ort,
'S thu d'uilbheist oillteill, a thoill bhì millt'.
Biodh nàire gnùis ort, thoir iomadh cliù dha,
Bi 'gearbs' a chùram, 's cuir dùil 'na ghràdh ;
'Se d'ait bhì dùbladh do ghràidh, 's do dhù-
rachd,

Gu h-aithghearr crùnaidh se thu gu bràth.

A M B A S.

I. CHUID.

" Ta fhios agam gu'n tour thu mi gu bas.

Sud an rìgh bhios an uachdar
Air gach iosal us uasal ;

Cha teid saoi ris a thuasaid
Dheth nach buannaich e cùis.

'Se bhi milleadh tha 'n dàn da,
Bheirear sgrìos air gach àl leis,
'S iomadh baile tha fás leis,
Iomad àros gun smùid.

An cogadh fàilteach nan rìghearn,
'S an téid na ceudan 's na mìltean,
A ghrad chasgradh gu millteach
'Ta 'thoil-inntinn 's a rùn.



Tein', 'us critheanna talmhain
Gort, 'us plàighean ro ghairbhsneach,
'Us gach galar a's marbhtaich,
A chùis earbs'; 'us a dhùil.

Cha robh gaisgeach mòr, ainmeil,
Rìgh, no Sennalair armailt,
Anns na linntibh a dh'fhalbh uainn,
Nach d'fhairich calmachd a lùis,




Thug e sgrìob air na fàidhibh,
Air na h-aobstolaibh gràdhach,
'S air na creidmich bu dàicheil,
A lean an an àithne o thùs.

Thug e beum do'n Fhear-shaoraidh,
Sud am beum a bha daor dha,
A chaill dha mòran d'a dhaoinibh,
'S iad, 'nam faobh aig' fo ghlùn.

Ged chaidh Iosa do'n uaigh leis,
B' ann thoirt sgrìos agus buaidh air,
'S thig na creidmich an uachdar,
A dh'aindeoin cruadhas a dhùirn.



**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

14
18
22
25
20
8

01

Ged nach b'aobhach leat riamh e,
 Thig an t-aog ann ad fhianais :
 Cha bhi 'aoigeas ro sgiamhach,
 Allaidh, fiadhaich a ghnùis.

'Nuair a bheanas a làmh riut ;
 Bidh do chridhe gun bhlàs ann,
 Cha chuirear cas air an làr leat,
 Bidh do ghàirdean gun lùs
 Bheir e sgrios air do cheudfaith,
 Bheir e 'chaint th'ann ad bheul as,
 O do chluais bheir e 'n éisdeachd,
 'Us an leursainn o d' shùil.

Ged bu tu'm fear a b' àluinn,
 Mèinig riamh de shliochd Adhaimh,
 Ni e 'n cabhaig cùis ghràin diot,
 Mur teid do chàramh fo'n ùir,

Sgeul a's cruaidhe r'a éisdeachd,
 Gur e 'm peacadh 's gath geur dha,
 Le neart an lagha gu d' léireadh,
 Chaoi an déigh dhuit dol null :

Mur glac aithreachas trà thu.
 De choirbteachd dhona do nàduir,
 'S mur glanar d'anam gu gràsmhor,
 Leis an t-Slanuighear chiùin.

Thig am bàs ort mar shealgair,
 'S thu gòrach ag earbs' as,
 Bheir e leum ort an anomoich,
 'S tric e sealg oirn a cùil.

Seall air cleachdadh cloinn daoine,
 'Us cha'n fhad bhios tu foghlum.

Gur tearc duin' a ta saoil sinn,
Gu bheil an t-aog aig a chùl.

Saoilidh 'n duine ro aosda,
Gu n teid là eile r' a shaoghal :
'S cha ehreid an t-òganach aotrom,
Gu 'm facd a chaochlath bhi dlù.

'M fear tha slàn tha e smuaincaeh,
Nach tig am bàs a thoirt luaidh air,
Gun chaismeachd àraidh chur uaithe,
Seal mun gluais e sa' chùis.

'M fear tha sàruicht' le aslaint,
Tha sùil a ghnà ri dol as aig',
Gus an tig am bàs co ro chas air,
'S gu'n grad chaisgear a dhùil.

'S mairg nach faigheadh tu gràsan
Mun tig breislich a bhàis ort;
'Nuair bhios do chomas air d' fhàgail,
'Us do nàmhaid 'na dhùisg.

Gabhsa cothrom na h-òige,
Gabh am focal gu d' shèoladh,
Gabh an Spiorad gu d' thredruch,
Fad an ròid mar cheann-iùil,

Cleachd a ghràsan le dìcheall,
Biodh na h-àitheantan leat prìseil,
Chaoi na fág iad air dìchuimhn,
Tha iad dìreach gun lùb.

Na bi 'g earbs' a do naomhachd,
Ach a iochd an Fhir-shaoraidh,
Cha d'rinn thu riamh ri do shaoghal,
Ach rud aotrom gun diù.

Cleachd an creidimh nach dìbir,
 Gleidh do chogais an sìth riut ;
 'S cha ruig thu leas bhi fo m'bhighean,
 Dol gu d' shìneadh 'san ùir.

II. CÙID.

Fhir tha mìreachd, 's ag gàireadh,
 Sunntach, cridheil ri àbhachd,
 Thig am bàs gu mì-nàrach,
 A chur do mhànrain air cùl.

Fhir gun sòlas, gun aidhear,
 Ge tròm siubhal do làithean,
 Thig am bàs gu gle aithghearr,
 Chum do chaitheadh 'n ad smùr

Fhir tha mealtuinn do shlàinte,
 Buitheach, fallain, gle chàilear,
 Thig droch ghalar a' bhàis ort,
 A mhilleas àilleachd do ghnùis.

Fhir tha siubhal fo'n aslaint,
 (Caithe, fiadhras no casdaich.)
 Cha 'n e 'm bàs as neo ascaoin,
 Fiata, glasdaidh a shùil.

Fhir tha 'd' òlach math, falaidh,
 Mu d' fhairdaich, 's mu d' bhìatachd,
 Bheir am bàs duit gun iarraidh,
 Fardach chian anns an ùir.

A dhiult aoidheachd do d'chàirdibh,
 Cha gabh an t-aog uait an t-àicheath,
 Ged bhiodh d'fhàrdach gle dhuinnt',
 Fhìr tha tuigseach, glic, ciallach,

Deanamh gnothaich le riaghailt,
Nach faic thu'm bàs ag teachd siar ort.
Ge math do rian, 'us do thur.

Fhir tha 'd amadan gòrach,
'S bochd an làmh thu sa' chomhraig,
Tha do nàmhaid ro sheòlta,
Theid an fhoid ort gun mhuirn.

Fhir tha foghainteach làidir,
'G earbs a spionnadh do ghairdein,
'Nuair a bhuaileas am bàs thu,
'S ro bheag tàbhachd do dhuirn.

A shaighdeir thapaidh san tuasaid,
A thàinig tric as a' chruadal,
Bithidh bàs tuill' as cruaidh ort,
Bha e buaghach o thùs,

Fhir tha dian cur ri saothair,
'G earbs' gu 'n dìong e dhuit aoibhneas,
Thig am bàs ort mun saoil thu,
A dheanamh faoincis de d' dhuil.

Fhir tha 's namh ann an saibhreas,
'G earbs' gu 'n dìong e dhuit aoibhneas,
Bithidh 'm bas 'na chuis oillt dait,
'Nuair thig e dh'fhoillseach' a ghnuis.

Fhir tha aosda, 's air liathadh,
A chaidh chaomhnadh ceud bliadhna,
Nis tha 'n t-aog teachd gu d'iarruich,
Chithear 'iømhaigh 'nad ghnuis.

Leinibh oig, tha 'nad mhaothran,
Ur air tighinn do'n t-saoghal,
Ma leag am bàs ort a chlaonsbuil,

'S dearbh nach caomhain e thu.

Ogain smiorail, thoir feairt ort.
'S leis a' bhàs le coir cheart thu,
Bheir e buaidh mach le neart ort,
Ged tha thu sgairteil, deas, ur.

Mhaighdean mhìn-rosgach, sgiamhach,
Nach faic thu'm bàs ort ag ialaigh,
A thoirt an rugha a d' ghialaibh,
'S a chur fiatachd 'nad shuil :

A Lighich theòma le d' phlàsdaibh,
Cha chùis eagail do'n bhàs thu,
Thig e timchioll gu sàmhach,
A gnabhail fáth ort o d' chùl ;
Fhir tha 'd Mhinisdeir sao'ireach,
Gu 'r toirt dh'ionnsuidh 'n Fhir-shaoraidh,
Cha mhò sheachnas an t-aog thu,
Na fear gun fhaolum, gun iùl.

Chreidich iriosail, ghràs-mhoir,
Ged thig samhach' do'n bhàs ort,
Cha bhi gath ann gu d' chràdnadh,
Gheibh thu slàn uaith ri n-ùin.

A dhaoi tha dearmadach, tàireil,
Air saor thairgse na slàinte,
Thig n' as seirbhe na 'm bàs ort ;
Bidh ifrionn gun dàil air a chùl.

AN AISEIRIGH,

" Ta 'n uair a teachd, anns an chuinn iadsan uile a ta sna h-uaighibh a ghuth-san : agus theid iad a mach iadsan a rinn maith, chum aiseirigh na beatha ; agus iadsan a rinn olc, chum aiseirigh an damnaidh.

Thig am bàs oirn muncuairt.
 'S ceart gu 'n luidhinn 's an uaigh,
 'Ach cha téid mi le gruaim 'na còir,
 Oir bha Iosa mo run,
 Greis 'na luidheadh 'san ùir,
 'S rinn e'n leabhadh ud cubhraidh dhomhs'.

Thug e 'n gath às a' bhàs,
 Rinn e caraid de m' nàmh,
 A shaoil mo chumail gu bràth fo leon :
 'Teachdair m' Athar e nis.
 Dh'ionnsuidh m'anma le fios,
 E dhol dachaidh a chlisg chum glòir.

On a dh'éirich a ris
 Sàr Cheann fbeadhna mo shìth,
 Gun e dh'fhuireach fad shìos fo'n fhoid :
 'Us gu 'n deachaidh e suas,
 Ghabhail seilbhe d'a shluagh,
 Anns na flathibh, le luathghair mhoir :

'Se mo chreidimh gun bhréig,
 Gu 'n éirich mise 'na dhéigh,
 Measg na buidhne gun bheud, gun gho ;
 'Nuair a dh'fhosglar gach uaigh,
 'S a theid beo anns gach sluagh,
 Chum an togail 'san uair, gu mod.

Sud an cumhachd tha trèun,
 Sud am fradharc tha geur,
 Chuireas rithisd gach cré air doigh ;
 Dream chaidh itheadh le sluagn.

lh,

adsan
 s theid
 igh na
 igh an

Dream chaidh mheasgadh 'n aon uaigh,
 Dream chaidh losgadh 'nan luaith 's nan ceo,

'Siomadh colainn bhios ann,
 Tha fad air asdar o 'ceann
 'S thig iad cuideachd 'san àm, gu foil.
 Thig iad uile 'nan taom,
 As gach clagh tha 'san t-sao'l,
 'S as gach àraich, 's an aom na seoid.

Cha'n 'eil àit am bheil corp,
 Air ard mhonadh, no cnoc,
 Ann am fàsach, no slochd na moin';
 Ann an doimhneachd a' chuain,
 No 's na h-aibhneachibh buan.
 As nach éirich iad suas, 's iad beo.

Eiridh 'n diuc 'us an rìgh,
 Eiridh 'm bochd bha fo chis,
 Eiridh gaisgeach an 'stri, 'san deor'.
 Eiridh bhainti'arna mhaoth,
 Eiridh 'n t-amadan baoth,
 'S cha bhi dearmad air aosd, no og.

Eiridh cuid ac' le gruaim,
 Chi iad fearg air an Uan,
 Chuireas crith orr', 'us uabhunn mhor,
 Eiridh cuid ac' le aoidh,
 Buidheann uasal nan saoi,
 'G am bi oighreachd o chaoi an glair.

AM BREITHEANIS DEIREANNACH.

“Is éigin duinn uile bhí air ar nochdadh an láthair
caithir-breitheanais Chríost ; chum gu faigh gach neach
na nithe a rinn e 'sa choluinn a réir an ní a rinn e,
ma's maith no olc e.”

'S e an Slánuighear am Breitheamb,
Tha e tighinn ann a ghlòir
Thig e nuas le glòir an Athar,
'S bidh a Chaithir anns na neòil.
Thig na h- aingil naomha marris,
Le mòr chaithream mar is còir :
On is e an t-ard Cheann-feadhna,
'S còir d'a ghreathnachas bhí mòr.

Thig e nuas thoirt breth na còrach,
Air gach seòrs a ta fo 'n ghréin :
Thig e dhìte dh' luend na dò-bheairt,
Chum am fògradh uaith an céin,
Theid na deamhain rinn an tàlath,
Chur gu sàrachadh, 's gu pian :
'S iad na h-ionracain bhios sàbhailt,
Thugadh gràsan doibh o Dhia.

Theid a' chùirt a chur 'na suidhe
Ann an uidheam mar bu chòir :
Theid an trompaid mhòr a shèideadh,
Chum ar n-éigheach dh' ionnsuidh mhòid.
Cluinnear anns gach àit an fhuaim aic',
Deas 'us tuath, an ear. 's an iar.
Cluinnear leosan bha 'nan suain,
Anns an uaigh deich mìle bliadhn.

Leumaidh suas na mairbh gu h-ealamb,
(Fos na bhios air thalamh beo.)

'S theid iad suas mar eoin an athair,
 Dh'ionnsuidh cathair rìgh na gloir.
 Leis an tì ta saor o mhearachd,
 Theid an sgarachdainn gun dàil:
 'Si 'n làmh chli a gheibh na h-uingidh;
 Comhar aimhleis doibh gu bràth.

Sud a' chuideachd ghrathail, eitich,
 Luchd nam breug nam mionn, 'sna feirg,
 Luchd na caonnaig, misg, 's m' bheusan,
 Luchd na h-eucorach, 's na ceilg.
 Dream bha leanmhuinn miann na feola,
 Dream bha'n toir air urram dhaoin',
 Dream gun chreidimh, 'us gun eolas,
 Dream gun dochas glan, gun ghaol.

Gheibh na h-ioracain an urram
 Seasamh uile aig a dheis:
 Comhar einnteach do gach duine,
 Nach tig cunnart air am feasd.
 Cha b' e choisinn doibh an t-àit ud,
 Iad bhi tàbhachdach 'nan sao'ir,
 Ach an Triath bhi pailt an gràsaibh,
 'Us a ghràdh thoirt doibh gu saor.

Labhraidh 'n Rìgh gu fàilteach. aoidheil,
 Ris a' mhuintir ud gu léir,
 Shluagh ta beanuichte le m' Athair,
 Thigibh, 's gabhaidh sealbh dhuibh féin,
 Sealbh bhios mairtheannach gu siorruidh,
 Anns an rioghachd uasal, naomh,
 Sealbh chaidh ullachadh o chian duibh,
 Mun do chruthaich Dia an sao'l.

Bha mi ocrach, thug sibh biadh dhomh,
 Thug sibh deoch, 's mi iotmhor, fann;

Bha mi'm choigreach tad o m' chairdibh,
 'S thug sibh fardoeh dhomh san am.
 Bha mi lomnochd, agus m' fheoil ris,
 Chuir sibh comhdach orm gun dail,
 Bha mi tinn, 'us ann am prìosun,
 'S bhuin sibh rium ga tiorail, bla,

Sud am binn, 's cha téid a caochladh,
 Cluinnidh iad gu h-aobhach, ait,
 Bheir iad freagradh d'am Fear-saoraidh,
 Ann am briathraibh gaol, gun sgnit.
 C'uin a thug sinn biadh no deoch dhuit,
 'Nuair bha ocras ort, no tart?
 C'uin a thug sinn duit gu h-aoidheil,
 Cuid na h-oidheh' 'nuair bha thu 'n aire?

C'uin a dh' ullaich sinn duit éideadh,
 Fhreadsal d' fheum 'nuair bha thu rùisgt'?
 C'uin a thug sinn duit ar comhnadh,
 'Us thu leoint an prìosun dùint'?
 Freagraidh 'm Breitheamh iad gu baigheil,
 Rinn sibh sud do m' bhra'iribh meanbh;
 'S measar leam gu'n d' rinn sibh dhomhs' iad,
 B' i bhnr crìochsa gloir do m' ainm,

Lasaidh 'chorraich, 'us o tionndath,
 Grad a dh' ionnsuidh na laimh eil.
 Ris an dream ta cruaidh an teanntachd,
 'N eagal truaigh, gun cheann, gun chrìeh;
 'Shluagh ta mallaicht', uamsa triallaibh,
 Chum an teine shiorruidh, bhuan;
 Tein' a dh'ullaicheadh do'n diabhol,
 'Us da ainglibh iargalt, truagh.

Bha mi ocrach, dhiult sibh biadh dhomh,
 Dhiult sibh deoch, 's mi iotmhor faun;

Bha mi 'm choigreach fad o m' chaidibh,
 Dhùilt sibh fardoch dhomb sam àm.
 Bha mi ruisgt, cha d' rinn sibh m' éideadh,
 Tinn, 's cha robh bhur ceum a'm' choir,
 Bha mi 'in prìosun ann an éigin,
 Sheas sibh fad o éigh mo bhroin

Sud am binn, 's cha téid a caochladh,
 Och ! cha'n fhaodar teicheadh uaip';
 Eiridh fiann an earbs 'nan aodan,
 'S goirt a' ghaoir bhios ac' 's an uair,
 C' uin a chunnaic sinne riamh thu,
 Oerach, iotmhor, tinn, no rùisgt',
 Ann ad choigreach, no am prìosun,
 Gun do riarachadh gu dlù ?

Freagraidh e gu grad os n-aird ind,
 Faicibh 'n so mo bhra' irean caomh ?
 O nach robh sibh riusan baigheil,
 Cha bu ghradhach leam bhur gaol.
 Leasg gu siubhal chum na truaighe
 Tagraidh iad gu cruaidh an cùis :
 O ! na cuir gu doruinn bhuan sinn,
 'S ifrionn duinne gruaim do ghnùis.

Thilg sinn mach 'n ad ainmsa diabhoil,
 Naimhdean dian duit féin, 's do d' ghloir :
 Rinn sinn ann ad ainm gu lionmhor,
 Oibre miorbhuileach gu leoir,
 Dh'ith, 'us dh'ol sinn ann ad lathair
 Riun sinn faisneachd an ad ainm,
 Theagaisg thu gu tric 'nar sraidibh,
 Ri ! bu bhaigheil leinn ghairm.

Freagraidh e san, Uamsa triallaibh,
 Dhream ain-diadhaidh, olc, 'nar gna ;

A
A
T
C
A
(D
Fa
Mo

Eu
Su
Ch
Ch
M'
Feu
Gab
Chu

Flaithe
Tonad ag
Far am
An drea
chreid
air an à
chum an
ad an la

'S Dearbh nach b' aithne dhomh-sa riamh sibh,
 Com nach d' iarr sibh mi 'na thra?
 Cha 'n 'eil cainut air neamh, no talamh,
 Dh' innseas sgartadh goirt an cri';
 Tionndath 'n culaoibh ris gach sonas,
 'S dol gu donas buan gun chrìch.

Ach a' chuideachd ionraic, aghmhor,
 Aig nach d'fhagadh olc 'nar gne,
 Théid iad suas le'n Ceannard aluinn,
 Chum an ardachach air neamh;
 Ann an caidreamh caomh na Trianaid,
 (Dreach na Diadhachd orra féin,)
 Far am flaitheas doibh gu siorruidh,
 Moladh Dhia a chur an céill.

Buileach, saor o dhragh nan aingidh,
 Subhach, taingeil, ait gu leoir:
 Cha 'n 'eil tuigs nig daoine' no ainglibh
 Chuireas cainnt air leth an gloir.
 M' anam, deasaich féin gu trathail
 Feudaich 'm' bas teachd ort le maoin;
 Gabh ri tairgse Dhe nan gras duit,
 Chum do shabhaladh a chaoi.

FLAITHEANAS.

Flaitheanas rioghachd na glòire,
 Ionad àghmor,
 Far am bi gu siorruidh comhnuidh,
 An dream ghràs-mhoir:
 Achreid an fhìrinn 's a thuair eolas
 air an àithne,
 Chum an gluasad uil' a shèoladh,
 ad an làthan:

Ionad tha aidhearach, aoibhneach,
 Thair gach àros :
 Sluagh ionraic, sona, saibhir,
 'S iad ro ghràdhach :
 A chaidh cheannachadh do'n oighreachd,
 'S cha b' ann aiseach ;
 Beath' 'us bàs Mhic Dhé a thoill doibh,
 An staid àrd ud.

Cha'n iognadh ged robh comunn aobhach
 Ac'am pàrras ;
 Gach saoi bha riamh 'san t-saoghal,
 Bhi 'n aon áite,
 Le 'n gnìomhaibh, 's le 'm briathraibh gaolach,
 Mar dhearbh bhrà 'iribh ;
 Gun aon duine de na baothaibh,
 Bhi 'nan làthair,

Gabhaidh n t-Athair, Dia na trocair,
 'S a Mhac gradhach,
 Gabhaidh Spiorad Naomh na gloire.
 Riu le fàilte :
 'G an nasgadh ris féin an dlu phosadh,
 'S cha bhris bas e ;
 'S 'gan togail suas gu h-inbh' oirdheire,
 Gun teachd mhàn aisd'.

Chi iad maise Dhe, 's a mhorachd,
 Le fìor dhànachd ;
 A ghnuis ag dearsadh orr' an comhnuidh,
 Mar ghrian dhealrach.

A
 C
 A
 M
 C
 A
 N
 D

 Ch
 Dh
 Cha
 Le
 Cha
 No
 Cha
 No

 Cha
 Nach
 Aoib
 'Us g
 Crioc
 Cha
 Sud t
 Phea

Tha iad nis air cuan an t-sòlais,
 Chaoi a' snàmh ann :
 Tha iad nis aig tobar an eòlais,
 'G òl an sàth as.

Aingil ro chumhachdach, uasal,
 Os ceann àireimh,
 Ag gabhail le furan gun ghruaim riu,
 Mar an càirdibh :
 Chum soinn 'nan cuideachd le luathghair,
 Anns na h-àrdaibh ;
 Naomha, naomha, naomh thair smuineach',
 Dia nan gràsan.

Cha bhi peacadh 'n sud, no buaireadh,
 Dh' fhògradh Sàtan
 Cha bhi duine ann fo smuairean,
 Le bròn sàmhach.
 Cha bhi tinneas, dragh, no truaigh' ann,
 No fuaim nàmhaid :
 Cha bhi gort, no gaoir, no gruaim ann,
 No cùis chràdhaidh.

Cha bhi miann an crì', no iarrtas
 Nach bi sàsaicht ;
 Aoibhneas gun teagamh gach ial ac',
 'Us gun tràghadh :
 Crìoch a theachd gu cian nan cian air
 Cha bhi 'n dàn da :
 Sud tiolac Dhé ta saibhir, fial do
 Pheacaich àraidh.

A Dhé nam feart gabh mi fo d' chùram
 'S fo d' òbion bàigheil :
 Dh' ionnsuidh Iosa dean mo stiùireadh :
 'Se an Ràthan ;
 'Se an t-slighe, 's e is Ughdar
 Air an t-slàinte.
 Thoir-sa creidimh. gràdh, 'us dùil domh
 Air a sgàth-san.

IFRINN.

Na h-uil' aòn nach creid an soisgeul,
 'S nach toir gràdh dha,
 Seasaidh iad air an laimh thoisgeil,
 Aig là bhràth ud.
 'Nuair theid na leabhraichean f'hosgladh,
 Bidh 'm binn bàis annt :
 Cluinnidh iad an dìteadh gu tosdach,
 Gun leisgeul àraidh.

Theid iad gu ifrinn na dòruinn,
 Gun uair dàil doibh ;
 Bidh Dia caillt' dhoibh, 'us a shòlas.
 Fòs a ghràsan,
 Chi iad gu soilleir co gòrach,
 Meallt' 's a bha iad ;
 Nach do chaith iad 'àm an òige
 Réir na h-àithne.

Chi iad mòran sona, saibhir,
 Shuas am pàrras ;

C
L
A
Ia
Ar
Ma
An
'M
Iad
'S ia
Cog
Gun
Diab
'Gan
'Gan
'S ia
An c
Cnuic
Cur c
Gun
Thao
'S tai

Gàirdeachas ceòl 'us aoibhneas
 Ac' 'us slà'nte :
 Iad féin ag fulang gu h-oillteil,
 'S an t-slochd ghràineil ;
 Slochd dubh, dorch, gun deò soillse,
 Dh' oidheh' no là ann.

Ceò 'us lasair uain ag èiridh,
 Le teas gàbhaidh,
 As an locha theinteach, éitich,
 Iads' a' snàmh ann :
 Anail Dé gu garg 'ga shéideadh
 Mar ghaoith làidir ;
 An anma truagha air an léireadh,
 'M feòil 's an cnàmhan.

Iad naimhdeil, borb ri Dia, 's ri chéile.
 'S iad làn àrdain :
 Cogadh gu dian leis an eucoir,
 Gun bhuaidh-làraich :
 Diabhoil gun tiomadh, gun dèisinn,
 'Gan sìr chràdhadh,
 'Gam buaireadh, 'gan gonadh, 's gun reubadh,
 'S iad tur sàraicht'.

An cogais féin 'gan sìr dhìteadh,
 Cnuimh nach bàsaich,
 Cur coire, 'us iomchan gun chrìch orr',
 Gun fhois, gun tàmh ac' ;
 Thaobh gun dhiùlt iad géill do'n fhirinn,
 'S tairgse slàinte ;

Tairgse nach faigh iad gu dìlinn,
Anns an àit ud.

Eagal, 'us oillt, 'us trom namhunn,
Ag sìr fhàs doibh :
Misneach ag meathadh, 's an cruadal,
'G an sìr fhàgail :
O nach urrainn iad cumail suas fo
Fheirg an nàmhaid, .
'So nach urrainn iad teicheadh uaithe,
'S e uile-là'ireach.

Sìr thuiteam an doimhne na truaighe,
Gun teachd 'nàird as :
Dùil cha'n 'eil aca ri fuasgladh
As a' chàs ud.
Fhad 's a mhaireas Dia 'na bhuaidhibh,
Cha tig bàs orr',
Bheir an ceartas sud mar dhuais doibh,
'Thoill an gnà é.

O m' anam gabh-sa gu smuaineach
Air do nàdur ;
Nàdur tha gu h-iomlan truaillidh,
'S nach gabh càramh.
Gabh ri Criosd bheir nàdur nuadh dhuit,
Gabh-sa trà ris :
Thoir thu féin gu h-iomlan suas da,
'S bidh tu sàbhailt'.

3
'
T
N
C
N
C
N
Ch
Le
No
An
Cha
No
A' l
No
Cha
A ch
Clan
'S na
Clan
Clan
'S ma
'S ga

CRAOBHSGAOLLEADH

A' Bhiobuill agus an t-soisgeil.

Tha aoibhneas ag lionadh mo chù,
 'S cha tràghadh do shìth mo chuim :
 Tha noimheachd n'as taitnich 's an tìr
 Na chualas ri linn mo chuimhn' :
 Cha noimheachd air Oisian nam Fiann,
 No gaisgeach bha riamh am feachd :
 Cha noimheachd air sealgaireachd fhiadh,
 No giùlan am bian gu teach.

Cha noimheachd air creachadh nan Gall,
 Le ceatharn nan gleann, 's nan stùchd ;
 No idir air siubhal nam beann,
 An éideadh nach ceangladh glùn.
 Cha noimheachd air tapadh nan Gàil,
 No treubhantas ard a lann,
 A' leagadh an naimhdean gu làr,
 No goltadh an cnàmh, 's an ceann.

Cha noimheachd air fineachaibh trou, n,
 A chogadh 's nach géilleadh beo :
 Clann Ghriogair bha aineolach, gleusd,
 'S nach tric a bha rèidh ri còir ;
 Clann Domhnuill le'm b' aiteas làmh dhearg ;
 Clann Chamroin bha calm gun chéill'.
 'S mar sin gach clann eil' a b'fhearr ainm,
 'S gach ceannard bu ghairg na chéil'.

Ach noimheachd air soisgeul nan gràs
 Bhi sgaoileadh 's gach àird muncuairt ;
 'S am Biobull le focal na slàint',
 Bhi ruigheachd gach àit le buaidh :
 Toirt caochlath air inntinn an t-sluaigh,
 'Gan ciùineach' mar uain gu sìth ;
 Ag claidhea :h gach ar-lain 'us naill,
 'S ag cur gach droch bhuaidh to chis.

Tha 'm freasdal ag obair le buaidh ;
 Le carthannachd ghluais an tìr,
 Chum cosd air an t-soisgeul chur suas.
 Anns gach àit am bheil sluagh 'na dhìth.
 Bidh teachdairean eudmhor, nach mall,
 Ag siubhal 's gach ball gun chlos,
 A nochdadh do thruaghanaibh dall,
 Na slighe nach cam gu fois.

Càirear Biobuill am pailteas an clò,
 An cainntibh nan slògh gu léir ;
 Cainntean coimheach a dh' iomadach seòrs,
 Mu nach cuala sinn sglèd, no sgeul.
 Theid an Sgrìobtur gu grad do'n taobh tuath,
 Gu Ruisianaich ghruamach. bhorb,
 Gu Lochlinnich, 's Laponach fhuar,
 'Us 'Tartaraich luath gun cholg.

Ni 'n fhìrinn iad callta gun-dàil
 'Us lionar le gràs an cri' :
 Cha mhair iad 'nan coimhich air gràdn,
 No cleachdannaibh blà na sìth :

TI
 A
 Ar
 'U
 Ta
 Ta
 Ta
 Br

Oir tréigidh iad buirbeachd an gnè,
 'Us leanaidh iad seambachd Chriosd ;
 Thig creidimh g' an ionnsuidh o neamh ;
 Chuireas mais air am mèin gu sior.

Ge farsaing ta Aisia mhòr,
 Ge lionmhor a slògh thair meas,
 Ge h-ìomadh an càin, 'saa dòigh,
 'S ge pailt tha gach sògh 'nam measg ;
 Ge daingean ta ceangal an cri'
 Ri aoradh nan ìodhal balbh,
 Ruigidh 'n sgrìobtur gach cearna d'an tìr,
 'S bheir e leis iad le sgrìob air falbh.

Daoin' obhar 'us dubh an taobh deas,
 An Afric fo theas na gréin,
 Ged bha iad 'nan tràillibh, 's 'nan creich,
 Aig muinntir gun seire, gun chéill,
 Ni 'm Biobull, 's an soisgeul iad saor,
 'Us bidh iad 'n an laoiach aig Criosd ;
 Gabhaidh 'n anam r'a i hirinn, 's r'a ghaol,
 'S bheir a spiorad dhoibh naomhachd fhior.

Théid an soisgeul le 'sholus mar ghrian
 A dh'ionnsuidh an iar muncuairt,
 America 's Innscanaich thiat,
 'Us Eileinich cian a' chuain :
 Taid aineolach, allaidh, gun chiall,
 Taid buaireasach, fiadhaich, coirbt,
 Taid diorrasach dioghaltach, dian,
 Brais, ardanach, iargalt, borb.

Sàr chothrom do shoisgeul na slàint,
 'S do chumhachd nan gràs aig Crìosd,
 Bheir maitheanas saor dhoibh gun dàil,
 'Us creidimh bhios làidir, fìor :
 A ghlanas an cridhe gun chàird,
 O'n truailidheachd ghràineil, bhreun ;
 A cho'chumas ri Dia iad le gràdh,
 'S le naomhachd 'nan càil, 's 'nan gleus.

Bidh gach aidmheil 'us creidimh 'nan aon,
 Gun seachran, gun aomadh clì ;
 Thig na pàpanaich h-ugainn gu saor,
 An ceanglaichibh gaoil, 'us sìth.
 Thig Arabaich, 's Turcaich le chéil,
 'S theid Mahomet éigheach sìos ;
 Thig na h-Iudhaich le dùrachd 'nan dèigh,
 Thoirt ùmhlachd, 'us gèill do Chrìosd.

Cha bhi dùthaich no rioghachd fè'n ghrèin,
 No fine, no treubh, no clann,
 Air nach soillsich an soisgeul gu rèidh,
 Mun dìbir an fhéill a th' ann.
 Nach aoibhinn an obair do dhaoin'
 Am Bìobull a sgaoileadh 'n cèin !
 Bhì gnàthach' an diehill, 's am maoin,
 Chur innleachdan gaoil an cèill !

Cia cliuiteach na cuideachdan còir,
 As seirceil, 's as òràheire gnè,
 Ghabh Freasdal 'na laimh chur air dòigh,
 A'ghnothaich ud 's bòidhehe sgeimh !

Taid dùsgadh an t-sluaigh gu bhi fial,
 Thoirt mhiltean 'us chiadan seach ;
 Taid caitheadh gach peighinn le ciall
 Chur a' Bhiobuill an iar, 's an ear.

Gu ma sonadh do'n cheud chuideachd* chaoin,
 A dh'ullaich le'n sao'ir e dhuinn,
 Anns a' chànan d'an d'thug sinn ar gaol,
 'Snach tuigteadh a caochlath leinn.
 B' iad stiùbhardaich fine an àigh,
 'S math choisinn iad gràdh gach linn,
 A ghnàthaich an ionnsachadh ard,
 'G a thionndath gu gàilig ghrinn.

Gu ma maireann do'n Chuideachd† a's uails',
 Fhuair urram 'us buaidh thair chàch ;
 Bhios cruinn ann an Lunnainn an t-sluaigh,
 'N àm tighinn muncuairt do'n Mhaigh,
 Sud cuideachd a dh' èirich 'n ar n-aire,
 Chur Bhiobull am pailteas nall,
 Na dhiolas ar bochdan air fad,
 'S na lionas gach srath 's gach gleann.

Tha chuideachd ud sìr dhol am meud
 Gun laigse d'an eud, no sgìos :
 Tha 'n obair a' sgaoileadh an cèin,
 Air fad, 'us air leud gach tìr.
 Ri ! gur iomadach mìl, 'us deich mìl,
 D' an d'thug iad am Biobull seach ;

* A' chuideachd urramach ata chum eòlas criosdaibh a
 sgaoileadh feadh Gaidhealtachd, &c.

† Chuideachd mhòr a' Bhiobuill an Lunnain.

'Se m' earbsa nach teirig dhoibh cìs,
Fhad 'sa bhitheas e dhìth air neach.

Bithidh Chuideachd* ud eile a'm' sgeul
Tha'm baile Dhunéidin cruinn,
Tha tarraing gach inneil 'us tend,
A dh' ionnsachadh leughaidh dhuinn.
Taid cruinneachadh airgid 'us òir,
O dhaoinibh to còire, stuaim ;
'S 'g a chaitheadh le cùram ro mhòr,
Chuir sgoilean gu h-òrdail suas ;

Leòs gu'm faighear le sean, 'us le h-òg
Deadh theagasg 'us fòghlum suaire,
'S gu'n leugh iad na comhairlean còir,
Thug Dia dhuinn gu'r seòladh suas ;
Oir ged a bhiodh Biobuill gu leòir,
Aig big, 'us aig móir an t-sluaigh,
Mur b' aithne dhoibh 'n leughadh air chòir,
Cha'n fhaigheadh iad eòlas uath.

Bha na Gàidheil ro aineolach, dhall,
Bha ionnsachadh gann 'nam measg :
Bha 'n eòlas co tana, 's co mall,
'S nach b' aithne dhoibh 'n call a mheas.
Cha chreideadh iad buannachd, no stà
Bhi 'n sgoileireachd àrd d'an cloinn,
Ged fheudadh iad fhaicinn gach là,
Gur i thog o'n làr na goill.

Ach b'annse leò 'n airgiod, 's an òr
A chaitheadh gu gòrach truagh,

* Cuideachd nan sgoilean gaidhealach an Dunéidin.

Ri amaideachd, òranaibh' 's òl,
 Ri bainnsibh, 's ri ceòl d' an cluais,
 Cha'n ioghnadh ged bha iad gun chàil,
 Do fhocal na slàint aig Dia,
 Ged choisinn an nàmhaid an gràdh,
 'S ged bha iad toirt dà a mbiann.

Ach thoid aineolas nis us an tìr,
 'S gach cleachdadh neo-dhìreach, crom,
 'Us m' alaidh sinn sonas, 'us sìth
 Gun fharmad no strì 'n ar tonn.
 Theid sgoilean chur suas anns gach ceann,
 Bidh leabhraichean gàilig pailt
 Bidh eòlas, 'us diadhachd ag fàs
 Thig gach duine gu stà, 's gu rath.

Nis "togaidh na Gaidheil an ceann,
 'S cha bhi iad am fang ni 's mò:"
 Bidh aca ard fhòghlum nan Gall,
 'Us tuigse neo-mhall 'na chòir;
 Theid innleachdan 's oibrean air bonn,
 Chuireas saibbreas 'n ar tonn gu pailt,
 Bithidh 'n diblidh co làidir ri sonn,
 'S am bochd cha bhi lom le h-aire.

Thig na linntean gu cinnteach muncuairt;
 Tha 'n Sgriobtur ag luadh thig oirn
 'San teid Sàtan a cheangal gu cruaidh,
 'S nach meall e an sluagh le sgled.
 Bidh firinn 'us sìochaint 'us gaol,
 Ag ceangal chloinn daoine ri chèil,

Cha'n f haicear fear dona, ml-naomh,
Theid olc as an t-sao'l 'us beud.

CRIOCH.

DAIN

A chomhnadh crabhaidh

NAN GAIDHEAL.

Fhir tha suigeartach, ceòlar,
 Ceannaich-sa mo leabhar òran
 Theag' gu'n deas e feum ri d' bheò dhuit,
 Ged nach mòr a phris.

Cha'n 'eil aoireadh air duine còir ann.
 Cha'n 'eil moladh air an òl ann,
 No air sùgradh baòth na h-òige
 Bheir bròn ort aig do chrìch.

Ach tha firinnean gun sgleò ann,
 'Us combairlean na còrach,
 Gu d' theasairginn o dhò-bheairt,
 'S gu d' sheòladh chum na sìth.

LE SEUMAS MAC GHRIOGAIR.

OLAR NAN DAN.

TAEER DUILLEAG.

Suim an lagha,	3
Na deich òitheantan	3
Moladh an lagha, - - - - -	3
Co'-cheangal nan Oilre, - - - - -	7
Co'-cheangal nan Gràs, - - - - -	14
Do'n pheacadh; ann an dà chuid, - - - - -	24
Rann air an droch cridhe, - - - - -	32
An Soisgeul, - - - - -	32
Creidimh, - - - - -	38
Do'n Mhi-chreidimh; ann an dà chuid, - - - - -	41
An gearan, - - - - -	46
Fireantachd Chrìosd, - - - - -	50
Obair an Spioraid Naoimb, - - - - -	55
Moladh gràis, - - - - -	62
Moladh nan gràs, - - - - -	67
Ceisdean Soisgeulach, - - - - -	71
Gràdh Dhe; ann an trì codaichibh,	78
Am Bàs; ann na dà chuid, - - - - -	84
An Aiseirigh, - - - - -	90
Am Breitheanas deireannach, - - - - -	93
Flaitheanas, - - - - -	97
Ifrinn, - - - - -	100
Craobh sgaoiladh a' Bhiobuill agus an t-soisgeil,	103

